

Taobh a-staigh
pàipear na mìos
seo:



Achd na Gàidhlig
ga cur air bhog

duilleag 9



Sùil air spòrs

duilleag 7

An sgoth dhorch os cionn fireanaich òg Gaidhealach

Dragh mu na h-àireamhan a tha cur an làmh nam beatha fhèin

Tha e a' coimhead coltach gu bheil fìor dhuilgheadas am measg coimhearsnachdan na Gaidhealtachd 's nan Eilean a-thaobh fireanaich òg a tha dualtach cur às dhaibh pèin.

Tha ùghdarrasan a-nise an sàs ann an iomairt gus feuchainn ris a' bhuidhinn shònraichte seo a chuideachadh le bhith a' togail aire dhan trioblaid fada is farsaing.

Air a' mhìos a chaidh seachad chuir dithis òganach anns na h-Eileanan Siar — le chèile aig aois 24 — an làmh nam beatha fhèin taobh a-staigh seachdain.

Ged nach eil fhios le cinnt dè dìreach cho dona 's a tha na figearan, tha an fheadhainn a tha ag obair san roinn seo mothachail gu bheil duilgheadas ann am measg fireanaich òg Gaidhealach.

Thuirt an Dotair Jean Davis, a tha an sàs san iomairt "Choose Life" sna h-Eileanan Siar: "Feumaidh thu bhith faiceallach nuair a tha thu tarraing coimeas eadar na figearan oir tha an àireamh sluaigh sa chumantas beag, mar sin tha e duilich a ràdh. Ach, chan eil teagamh sam bith nach eil duilgheadas againn.

"Chan eil fireanaich òg idir dualtach bruidhinn mu dheidhinn nan trioblaidean aca, can an coimeas ri clann-nighean, agus chan eil iad cho dualtach a bhith an lùib dotairean no luchd-proifiseanta a mhothaicheas dhen duilgheadas aca.

"Chan eil teagamh sam bith nach eil duilgheadas ann, gu sònraichte nuair a chì thu na thachair a cheana. Sin as coireach gu bheil sinne ag amas gu sònraichte air a' bhuidhinn seo."

Chaidh am pròiseact "Choose Life" a chur air adhart le Rìaghaltais na h-Alba gus feuchainn ris an àireamh dhaoine a tha cur às dhaibh pèin a ghearradh sìos agus aire a thogail dhan chùis.

Ged a thatar ag aithneachadh gu bheil duilgheadas sònraichte am measg an òigridh air feadh na dùthcha thatar dhen bheachd gu bheil an suidheachadh buileach dona mu thuath.

Tha ministearan air £3 millean a chur mu choinneimh na h-iomairt agus ann an trì bliadhna thatar an dòchas gum bi an

suidheachadh gu math nas fheàrr.

A-mach as na tha cur às dhaibh pèin ann am Breatainn tha a' mhòr-chuid fireann, le trì chàirteal aca eadar aois 15 agus 24.

Ann an Alba 's e na h-àitichean as mìosa na h-Eileanan an Iar, a' Gaidhealtachd, Arcaibh agus Glaschu agus Storrachd Tatha.

Thuirt Micheil Perara, a tha ag obair dha "Choose Life" ann an Inbhir Nis: "Chan ann dìreach anns a' Gaidhealtachd a tha seo a' tachairt idir. Tha e air feadh na dùthcha, ach tha e ceart a ràdh gu bheil sinn a' toirt aire sònraichte dha fireanaich òg air Gaidhealtachd."

Droch bhuille eaconamaigeach



Tha am factaraidh èisg ann an Scalpaigh air dùnadh agus 52 duine air an cosnadh a chall. Tha dùil ri tòrr a bharrachd gearraidhean eile air feadh a' Gaidhealtachd cuideachd

Fhuair eaconamaidh na Gaidhealtachd 's nan Eilean droch bhuille bho chionn ghoirid nuair a dh'fhoillsich companaidh mòr tuathanas èisg gun robh iad dol a ghearradh faisg air 140 obair san sgìre, a' gabhail a-staigh 52 aig factaraidh èisg sna h-Eileanan an Iar.

Làithean as dèidh dha a thighinn am follais gun robh Marine Harvest Scotland agus Stolt Sea Farms air a thighinn còmhla mar aon bhuidheann, chaidh fhoillseachadh gun robh iad dol a thoirt lùghdachadh mòr air an luchd-obrach aca. Tha 550 a' faighinn cosnadh bhupa an-dràs-ta.

Bha làn dùil gun dùineadh am factaraidh èisg ann an Scalpaigh aon uair 's gum faig-

headh Marine Harvest an làmh oirre, oir dhùin iad an t-ionad aca ann an Steòrn-abhagh an-uiridh airson na bradain gu lèir aca a thoirt gu factaraidhean ùra ann am Malaig agus sa Ghearasdan. Chaidh an togalach ann an Scalpaigh a thogail le Iomairt nan Eilean Siar airson £4.8 millean.

Thèid an gluasad fhaireachdainn gu mòr sna h-Eileanan Siar far a bheil an eaconamaidh gu mòr an crochadh air tuathanas èisg agus bidh e gu sònraichte duilich gabhail ris anns na Hearadh far a bheil cosnaidhean air leth gann.

Thuirt stiùiriche Marine Harvest Camshron Davidson: "Tha mi fìor dhuilich gun robh againn ri seo a dhèanamh. Faodaidh mi a ràdh le cinnt nach biodh sinn

air beachdachadh am factaraidh ann an Scalpaigh a dhùnadh no cosnaidhean a ghearradh ann an àiteachan eile nan robh roghainn sam bith eile againn.

"Tha mi a' gabhail ris gur e droch naidheachd a bhios an seo dha na daoine air a bheil e a' bualadh agus air an teaghlachan agus ni sinn nas urrainn dhuinn airson an cuideachadh.

"Tha sinn an dùil bruidhinn ri luchd-giulachd èisg eile sna Eileanan Siar airson faicinn dè na cothroman eile a tha ann, oir tha iarrtas mhòr air na sgilean. Tha sinn cuideachd a' bruidhinn ri Iomairt na Gaidhealtachd is nan Eilean agus na comhairlean ionadail."

TOG
FEAR
AN-DIUGH
AN ASGAIDH

An Gàidheal Ùr

Neach-deasachaidh
Murray MacLeòid

Seòladh
Taigh à Mhorair Leverhulme
Ceàrnag Phearsabhail
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2DD

Fòn: 01851 706877
Facs: 01851 706467
sanas@agu.org.uk

Oifigear-sanasachd:
Marina NicLeòid
Fon: 01851 703487

An Gàidheal Ùr

Cuin 's Caite

Diluain 16mh.

Glaschu – Bidh an còmhlan Èireannach Danu a' cluiche anns an Arches, air Sràid Earra Ghaidheil air an oidhche seo. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air 0870 240 7528 neo bho info@thearches.co.uk

Diciadain 18mh

Glaschu – Tha an còmhlan am Battlefield Band gu bhith a' cluich air feadh Alba air a' mhios seo. Bidh iad ann an Talla Cuirm-chiùil Rìoghail Ghlaschu air an oidhche seo bho 7.30f. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh bho 0141 353 8000 neo bho www.battlefieldband.co.uk.

Diardaoin 19mh

Port Rìgh – Bidh am Battlefield Band a' cluiche ann an Ionad Àrois air an oidhche seo. Tòisichidh a' chuirm-chiùil aig 7.30f.

Dihaoine 20mh.

Am Ploc – Tha Buidheann Gnìomhachais is Turasachd Loch Aillse a' cumail Cèilidh is dannsa air an oidhche seo, bho 8f, ann an Talla baile a' Phluic. Bidh Còmhlan Bill Black agus sgoilearan Sgoil Chiùil a' Phluic a' cluich.

Dùn Èideann – Bidh am Battlefield Band ann an Talla Usher air an oidhche seo bho 8f. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air 0131 228 1155.

Disathairne 21mh

Baile an Easbaig – Tha Clannghaidhlig a' cumail Cèilidh is Dannsa air an oidhche seo, eadar 7.30 agus 11f, ann an Ionad Chòimhearsnachd Baile an Easbaig. Bidh Doreen Sweeney, Elizabeth Chaimbeul agus Archie Duncan an làthair. (Thoiribh ar deoch fhèin leibh. Gheibhear suipear aotrom an-asgaidh. Cosgaidh ticeadan £4 -inbheic / -asgaidh – clann bho 07753433464 neo aig an doras.

La na Sàbaid 22mh

An Dùin agus Dùn Bhlàthain – Latha airson an teaghlach gu lèir ann an Caisteal an Dùin, le ceòl, òrain, dràma, sgeulachdan agus mòran eile.

Dihaoine 27mh

Port Rìgh – Bidh an còmhlan Session A9 ann an Ionad Àrois air an oidhche seo bho 7.30f. Cosgaidh an oidhche seo £10/8. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air 01478 613 750 neo bho www.aros.co.uk.

Disathairne 28mh an Cèitean – Disathairne 4mh den Ògmhios

Ìle – Thèid Fèis Ìle 2005 a chumail eadar na làithean seo, seachdain làn de thachartasan gach latha is oidhche. Bidh cothrom agaibh a dhol timcheall is ionnsachadh mu thaghean-stail an eilein tron latha, agus an uairsin thèid cèilidhean agus tachartasan eile a chumail air an oidhche. Am measg nan cluicheadairean a bhios aig an Fhèis, bidh am pìobaire Stuart Liddell (a bhuannaich aig Mòd 2004) agus na Blazin Fiddles.

Obair Dheathain – Bidh an còmhlan, Battlefield Band a' cluiche anns an Lemon Tree bho 8f air an oidhche seo, mar phàirt den chuart aca air feadh Alba. Airson tuilleadh fiosrachaidh cuiribh fòn gu 01224 642 238.

Disathairne 04/06/05

Inbhir Nis – Bidh Aly Bain agus Phil Cunningham a' cluiche ann an Eden Court air an oidhche seo, bho 8f. Cosgaidh na ticeadan £16. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh bho Eden Court air 01463 234 234.

Cothrom airson Ceartachadh càr ùr a bhuannachadh

Ann an aithris air àireamhan nan sgoilearan Gàidhlig ann an Gàidheal Ùr na mìos a chaidh seachad thuirt sinn gun tuirt Boyd Robasdan, àrd-òraidiche ann an Oilthigh Srath Cluaidh, gun robh “na h-àireamhan anns gach roinn comhairle a’ sìor èirigh”. ‘S e a bha còir a bhith ann ach “àireamhan anns gach raon foghlaim a’ sìor èirigh” — sgoil-àraich, bunsgoil is àrdscoil. Tha sinn duilich ma dh'adhbhraich seo troimh-chèile sam bith.

Le dìreach dhà no thri mìosan air fhàgail gu Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna tha luchd-stiùiridh na feis air farpais shònraichte a chur air dòigh far am faigh daoine an cothrom càr ùr a bhuannachadh.

Gheibhear ticeadan aig pris not bho bhuill a' chomataidh stiùiridh ionadail no bho oifisean a' Chomuinn Ghaidhealaich ann an Steòrnabhagh agus an Inbhir Nis.

Gheibh ge bith cò a cheannaich an ticead a bhuan-naicheas càr Renault Clio ùr air a bheil an àireamh “SY05 MOD”. Chaidh a thoirt seachad le Dòmhnall Caimbeul à Col, a bhios a' reic chàraichean.

Thèid am Mòd a chumail eadar Dihaoine 14mh den Dàmhair agus Disathairne 22mh. Airson tuilleadh fiosrachaidh cuiribh fòn gu 01463 231 226 no 01851 703 487 no tadhalaihb air: www.modnaneileansiar.co.uk.

Iain MacAmlaigh, bhon chomataidh ionadail, agus Mgr Caimbeul



Còmhradh, ceòl is conaltradh — telebhisean na mìos

A' coimhead air adhart ri clàr-ama craolaidh na mìos, le Seonaidh Ailig Mac a' Phearsain

Tha an Taghadh air tighinn 's air falbh 's tha an aon strì air thoiseach air an fheadhainn a tha coiteachadh son sianal telebhisean Gàidhlig 's a bha romhpa mus deach a' Phàrlamaid mu sgaoil. Chan eil againn ach a bhith beò an dòchas agus a bhith taingeil gu bheil prògraman againn fhathast, gann 's gu bheil iad, anns a bheil lùths is luach.

Am measg nam prògraman a chithear air a' mhìos a tha romhainn tha fear is dòcha a chòrdas ri cuid de bhoireannaich agus a chuireas an cuthach dearg air cuid eile. Dè eile shùilicheadh tu air prògram leis an ainm “Na Fir!”? Anns a' phrògram seo cluinnear fireannaich an latha an-diugh a' cur nam both dhiubh mun an t-seòrsa beatha a th' aca agus mar a tha inbhe agus saoghal nam fear air atharrachadh seach mar a bha e aon uair. Is dòcha fiù 's gun tèid iad às àicheadh gur ann à Màrs a tha iad!

Gheibhear caochladh bheachdan n-intinneach o chaochladh fhear — fireannach a tha gu mòr a' creidsinn ann am fallaineachd, pàrant òg, fear anns na ficheadan a tha fhathast a' fuireach còmhla ri phàrantan, fleasgach agus fear gnìomhachais òg a tha ruith a chompanaidh fhèin. Mura bheil beachdan gu leòr aca-san gheibh iad cuideachadh o chuid de “Na Fir” a tha ag obair ann an craoladh Gàidhlig, agus shaoilinn nach biodh gainne barail orra-san.

Bidh iad a' ruagail thairis air raon de chuspairean: dè tha ann an Gàidheal Ùr (a-bharrachd air pàipear-naidheachd); dè an rud as cudthromaiche ann am beatha nam fear; dè bhios a' cur corraich orra; dè

cho fosgailt 's a tha iad mu na faireachdaidhean aca; agus ma tha an saoghal aca-san eadar-dhealaichte seach mar a chleachd, dè mu shaoghal nam boireannach (iadsan a thàinig à Venus). Is iongantach gun aontaich iad ris an sgrìobhaiche Lynne Truss a tha cumail a-mach nach eil tuairmse air thalamh aig fireannaich dè tha tachairt.

Chithear Na Fir!, a chaidh a riochdachadh le Media nan Eilean, air BBC2 Alba air an 19mh den Chèitean aig 6.45 feasgar.

An ath sheachdain gheibhear prògram eile o Media nan Eilean air BBC2 Alba. Is e seo Maighistir Cailean, an sagart cliùiteach a dh'fhàg Uibhist a Deas o chionn fichead bliadhna agus a chuir aghaidh air beatha eadar-dhealaichte agus sgìre bhochd Comite del Pueblo ann an Ecuador. Anns an ùine sin tha e air piseach mòr a thoirt air a' pharaiste le bhith stèidheachadh sgoiltean, ospadal, uisge glan, banca, eaglaisean agus rathaidean ùra. Tha e nise toirt ceum ùr na bheatha agus a' fàgail Ecuador.

Anns a' phrògram chithear Maighistir Cailean na obair làitheil — mar cheann na h-eaglaise, a' stiùireadh phròiseactan, a' brosnachadh òigridh agus a' misneachadh theaghlaiichean. Cluinnear cuideachd o mhuintir an àite mun bhuaidh a bha aige air am beatha agus mar a bhios iad ga iondrainn nuair a dh'fhàgas e. Dealbh ioma-dhathte air duine a sheas an aghaidh ana-ceartais is eucoir le dealas is dilseachd a chuir a bheatha ann an cunnart aig amannan.

Is dòcha gum bi daoine



smaoineachadh gu bheil atharrachadh nan gràs air tighinn air ITV nuair a chraolas iad, chan e aon phrògram Gàidhlig ach a dhà as dèidh a chèile, air feasgar Didòmhnaich an 15mh den Chèitean. An toiseach aig 5.40 feasgar, bidh Stubhal nan Salm — Caidreabh, Ceòl, Creideamh, iomradh air cuairt na buidhne à eaglais an Alabama do Leòdhas aig toiseach na bliadhna agus blasad den chuirm-chiùil ann an Cathair-Eaglais Ghlaschu nuair a chualas an ceòl soisgeulach aca fhèin taobh ri taobh ri seinn nan salm Ghàidhlig agus ceòl Runrig. Ma tha teagamh aig daoine gu bheil ceangal eadar seinn soisgeulach nan daoine dubha an Aimeireaga agus cur a-mach na loidhne ann an Gàidhlig is dòcha gun toir seo orra am beachd atharrachadh.

An dèidh a' phrògram seo, aig 6.10

feasgar, chithear a' chiad fhear de cheithir prògraman fon ainm Feuch E, air an riochdachadh le Mactv, far a bheil feadhainn a' faighinn cothrom feuchainn air obair ris nach eil iad cleachdte. Mar eisimpleir tha fear a tha reic bhrataichean ùrlair a' feuchainn air stalcaireachd an fhèidh, òraidaiche ann an oilthigh ag ullachadh airson obair ann an taigh-fuine, agus oileanach lagha a' strì ri tuathanas agus ris an eagal a tha aice ron tarbh.

Chaidh na prògraman seo gu lèir a dhèanamh le taic airgid o Sheirbheis nam Meadhanan Gàidhlig. Tha sinn an dòchas gun còrd iad ribh. Tha sinn an dòchas cuideachd gun cuir sibh ur taic gu làidir ris an iomairt gus sianal telebhisein fhaighinn dha na Gaidheil agus a bhios fo smachd is ùghdarras nan Gaidheil.



Ann an sreath ùr prògraman chithear diofar dhaoine a' feuchainn dreuchdan a tha ùr dhaibh

Dragh mu àireamh-sluagh nan eilean

Tha eaconamaidh nan Eilean Siar dol a dh'fhaighinn droch bhuille eile mur a tèid rudeigin a dhèanamh mu dheidhinn mar tha an sluagh a' crìonadh, a rèir comhairlichean ionadail.

Dh'fhoillsich iad am beachd agus iad air leigeil fhaicinn gu bheil iad dol a shireadh eòlaichean airson dealbh soilleir a dhèanamh dhaibh air an t-suidheachadh.

Bha na comhairlichean a' bruidhinn agus iad air aontachadh sgoil bheag eile a dhùnadh. Thèid na ceithir sgoilearan a bha a' frìthealadh Bun-sgoil Bhearnaraigh a-nis a chur gu Bun-sgoil Phaibeil ann an Uibhist-a-Tuath.

Tha gach cuid pàrantan agus a' choimhearsnachd air gabhail ris

nach eil an còrr a roghainn ann ach an sgoil a dhùnadh.

Ghabh na comhairlichean an cothrom beachdachadh air mar a tha sluagh nan eilean a' tuiteam, gu sònraichte am measg an òigridh.

Thuirt an neach-gairm, Ailig Dòmhnallach: "Tha seo a' tachairt air feadh nan eilean. Tha e a' crìonadh aig ìre agus mur a tèid rudeigin a dhèanamh tha e gu bhith gu math duilich càil idir a dhèanamh mu dheidhinn."

"Nuair a chi thu àitichean mar Inbhir Nis agus mar a tha an eaconamaidh a' teasachadh ann an sin 's cinnteach gu bheil uallach air leithid Iomairt na Gaidhealtachd 's nan Eilean, an Riaghaltas agus a' chomhairle dèanamh cinnteach gun tèid

obraichean a ghleidheadh sna h-eileanan."

Thuirt comhairliche Phaibeil, Earsdaidh Caimbeul, gun robh mòran theaghlaichean òg eileanach a' fuireachd air Tìr-mòr, ann an àitichean mar Inbhir Nis, dìreach air sgàth 's gum faigheadh iad obair an sin.

"Tha e an-còmhnaidh àmailteach nuair a dhùineas sgoil ach gu sònraichte air sgàth 's gur e seo an dàrna sgoil bheag a dhùin ann an Uibhist-a-Tuath air sgàth 's mar a tha an àireamh sgoileir a' tuiteam."

"S e cuspair a tha seo a tha uabhasach buaidhmhor air feadh nan eilean. Nuair a choimheadas thu ri na figearan an-dràsta agus seachd na ochd bliadhna air thoiseach tha iad iargalta."

Eòlaichean Eòrpach a' tighinn dhan Ghaidhealtachd

Thèid iarraidh air eòlaichean bhon Roinn Eòrpa a thighinn dhan Ghaidhealtachd airson faighinn a-mach ciamar a tha dol dha leasachadh na Gàidhlig san sgìre.

Tha Comhairle na Gaidhealtachd dol a thoirt cuireadh dha buidheann bhon Choimisean Eòrpach agus iad airson na duilgheadasan a tha mu choinneimh oidhirpean a' chànain san sgìre a mhineachadh.

Tha comhairlichean draghail nach eil am fiosrachadh a tha oifigearan Riaghaltas na h-Alba a' toirt seachd dhan choimisean idir a' toirt dealbh ceart air an t-suidheachadh.

Bho chionn dà bhliadhna rinn an coimisean rannsachadh air ciamar a bha an Riaghaltas a' coinneachadh rin dleasan an fò Chlár nam Mion-chànain agus

Cànanan Roinneil. Fhuair iad a-mach gun robh uireasbhaidhean mòr san obair aca, gu sònraichte ann am foghlam agus ann an craoladh.

Thuirt cathraiche comataidh Gàidhlig na comhairle, Hamish Friseal: "Chan urrainn dhuinn leigeil dha Riaghaltas na h-Alba no Riaghaltas Lunnainn na dleasan aca fon chlàr a thrèigsinn."

"Chan eil càil a mhath dhaibh nas mò creideas a ghabhail airson nan rudan a rinn sinne air Ghaidhealtachd."

"Tha sinne air tòrr dhen airgead againn fhèin a chosg air mòran iomairtean a thòiseachadh, ach chan fhaigh thu fhathast seirbheis rèidio Gàidhlig a' BhBC ann an cuid a dh'aitichean anns a' Ghaidhealtachd 's na h-eileanan."

"Chan eil sgeul air seirbheis telebhisein, ged a thuirt na eòlaichean ann an 2004 gu feumar seo a chur air adhart mar phrìomhachas. Feumaidh sinne an fhìrinn innse dhan comataidh, ged a bhiodh e a' ciallachadh gu faigheadh an Riaghaltas droch chàineadh eile."

A rèir iar neach-gairm na comhairle, Micheal Foxley, feumaidh a' chomhairle dèanamh cinnteach gun toir iad am fiosrachadh ceart seachd cho

luath 's a ghabhas.

"Nuair a bha an comataidh ann an seo thug iad moladh dhan chomhairle airson grunn dhe na h-iomairtean a chur sinn air adhart," thuirt e.

"Bha iad gu math cruaidh air an Riaghaltas airson foghlam ro-sgoile air feadh na h-Alba, na duilgheadasan aig ìre bun-sgoile agus gu sònraichte na duilgheadasan mòr ann a bhith toirt seachd foghlam tro mheadhan na Gàidhlig san àrd-sgoil."

"Rinn iad cuideachd càineadh air mar a thathas a' dèiligeadh leis a' Ghàidhlig anns na meadhanan, glè thric le suarachas, agus an cion fiosrachaidh mu Ghàidhlig is eachdraidh na Gaidhealtachd a bha ri fhaighinn air clàran oideachaidh air feadh na dùthcha."

"Tha sinn air adhartas a dhèanamh ann an cuid a nithean, ach chan eil adhartas sam bith fhathast ann a bhith a' lorg thid-searan àrd-sgoile."



Micheal Foxley

Cùrsa ùr an t-Sabhail Mhòir

Ghabh foghlam aig Sabhal Mòr Ostaig ceum mòr air adhart nuair a chaidh MA For-cheum a dhearbhadh ann an Cultar Dùthchasach agus an Àrainneachd.

Tha Cultar Dùthchasach a' coimhead ri na stuthan, na h-innealan, agus na rudan làthaireil eile a tha rin lorg ann an taighean-tasgaidh agus anns an àrainneachd mu ar timcheall agus gan rannsachadh gus tuigse nas doimhne fhaighinn air a' choimhearsnachd, cultar, eachdraidh agus dòigh-beatha.

Thuirt Iain Tormod MacLeòid, Ceannard an Fhoghlaim aig Sabhal Mòr Ostaig: "S e ceum air leth cudthromach a tha seo, chan ann a-mhàin dhan t-Sabhail ach do dh'OGÈ nam Mìle Bliadhna air fad agus dhan Ghàidhlig. Bheir e cothrom do dh'oileanaich foghlam fhaighinn aig an ìre seo tro mheadhan na Gàidhlig airson a' chiad uair riamh agus cuiridh e gu mòr ri curraicealam na Colaiste."

Thèid an cùrsa a thabhann pàirt-ùine an toiseach agus thèid a theagasg aig astar a' cleachdadh stuthan ionnsachaidh air-loidhne, cho-labhairtean fòn agus bhidio. Cuideachd, gheibh oileanaich an cothrom rannsachadh a dhèanamh anns a' choimhearsnachd agus tighinn dhan Cholaiste airson cuairtean oideachaidh.

Tòisichidh an cùrsa anns an t-Sultain 2005.

Leasachadh dha seirbheis an luchd-ionnsachaidh

Chaidh goireas ùr air leth feumail a chur air chois do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig air a' mhìos seo, agus BBC Radio nan Gaidheal air giùlain Litir ùr le Ruairidh MacIlleathain.

Tha Ruairidh air a bhith a' sgrìobhadh is a' craoladh Litir do Luchd-ionnsachaidh gu seachdaineil airson sia bliadhna — prògram a th' air clù mòr a chosnadh am measg luchd-ionnsachaidh air feadh an t-saoghail, anns am faigh daoine cothrom èisteachd ri guth Ruairidh fhad 's a tha iad a' leughadh a bhriathran. Tha fiosrachadh mu ghràmar is gnàthasan-cainnt, a bharrachd air briathrachas, an cois gach litreach a th' air a dhèanamh le taic Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig.

Ach bha a-riamh iarrtas bho chuid, nach robh adhartach gu leòr airson an Litir a thuigsinn, tè nas simplidhe a bhith ann dhaibh. Thèid an t-iarrtas a shàsachadh air Diluain 2 Cèitean aig 1900 nuair a nochdas An Litir Bheag air clàr BBC Radio nan Gaidheal.

"Bidh dà Litir ann gach seachdain," tha Ruairidh ag ràdh, "leis An Litir Bheag a' dol a-mach Diluain. Bidh sin ann an cain-

nt shimplidh. An uair sin, dhaibhsan a nì adhartas gu leòr, no a tha adhartach gu leòr mu thràth, bidh an Litir 'abhaisteach' air a craoladh Dihaoine. Bidh an dà Litir a-mach air an aon chuspair."

Bidh am prògram seo cuideachd air a mhaoinachadh le Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig. A rèir iar-stiùiriche na buidhne, Seonaidh Ailig Mac a' Phearsain, tha tuilleadh leasachaidhean air faire. "Tha oidhirp ga dhèanamh cuid de na Litrichean a tha Ruairidh air a sgrìobhadh chun an seo do luchd-ionnsachaidh a chlà-bhualadh mar leabhar le DVD na chois," thuirt e.

"Eadar sin, an Litir fhèin agus An Litir Bheag bidh goireas air leth ga chruthachadh airson luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig aig diofar ìrean."

A bharrachd air a bhith air a craoladh le Radio nan Gaidheal (103.5-105 FM), bidh cothrom aig daoine An Litir Bheag a leughadh, agus èisteachd uair sam bith air làrach-lìn Ghàidhlig a' BhBC: www.bbc.co.uk/alba. Bidh an teacs air an làraich, le stiùireadh air faclan is abairtean na cois.

A' tiort sùil air sàr bheatha Mgr Cailein

Ann an 1984 chuir Maighistir Cailean MacAonghais cùl ri Uibhist a Deas agus aghaidh air paraiste-eaglais, saoghal-sagairteachd agus beatha gu tur eadar-dhealaichte ann an Quito, Ecuador.

Air BBC2 Alba air Diardaoin 26 Cèitean, chithear prògram sònraichte a chaidh a chlàradh le Maighistir Cailean 's e nis air tighinn gu crois-rathaid eile na bheatha.

Am-bliadhna tha e a' fàgail Comite del Pueblo, sgìre làn bochdainn anns a bheil e air sgoiltean, ospadal, uisge glan, banca, rathaidean agus eaglaisean a stèidheachadh thairis air na fichead bliadhna a chaidh seachad.

A bharrachd air a bhith an urra ri beatha spioradail nan daoine ghabh Maighistir Cailean uallach am beatha chorpóra cuideachd, agus a dh'aindeoin cunnartan làitheil fìu 's ionnsaighean air a bheatha, sheas e gu daingeann an aghaidh anaceartas, foill agus eucoir.

Anns a' phrògram gheibhte

iomradh air mar a chaidh aige air an t-àite agus beatha nan daoine atharrachadh agus mar a chaidh aige air na mìleanan not a thru-sadh cuid dhe anns na h-Eileanan an Iar is Alba airson cuideachadh le sin a dhèanamh. Gheibhte dealbh de shaoghal sagairt agus saoghal dhaoine ann an suidheachadh far a bheil bochdainn fhathast mar stri-làitheil dhaibh.

Chithear Maighistir Cailean na obair làitheil fhèin — air ceann seirbhisean eaglais a tha cur thairis moch is anmoch, a' stiùireadh phròiseactan foghlaim is ionmhais, a' brosnachadh òigridh anns a' chreideamh, a' toirt dòchas do theaghlaichean agus a' misneachadh sean is òg gus leasachadh a thoirt air am beatha fhèin.

Tro bheachdan shluagh na paraiste ach cuideachd tro luchd-naidheachd is luchd-poileataigs a tha riochdachadh saoghal farsaing Quito is Ecuador, chithear a' bhuaidh a tha air a bhith aige air a' choimhearsnachd mhòir, sgapte seo thairis air fichead bliadhna.

Agus le Maighistir Cailean air

co-dhùnadh gu bheil e fàgail Quito am-bliadhna, bidh iadsan cuideachd a' beachdachadh air Comite del Pueblo às aonais an t-sagairt Albannach aca.

Thèid am prògram a-mach air

BBC2 Alba air 26 Cèitean 2005 aig 7.00 feasgar.

Chaidh a riochdachadh le MnE TV agus a mhaoinachadh le Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig.



Maighistir Cailean MacAonghais a rinn mòran obair thall ann an Ecuador

An Gàidheal Ùr

THA AN GAIDHEAL ÙR
A' GABHAIL SHANASAN
MU CHOMPANAIÐHEAN,
SHEIRBHEISAN NO
THACHARTASAN

Cuiribh fòn
thugainn an-diugh!
01851 703487



B'fheàrr leum gun greiseadh thu ort 's na caoraich a' breith! ©2004 A.Nicolson

Sgainneal maslach na seirbheis slàinte nàiseanta



Cathaidh Màiri Nic a' Mhaoilein

Ged is tric a bhios sinn a' toirt an aire dha suidheachadh a shaoileas sinn nach eil ceart, 's ann nuair a bhuaileas e aig do dhoras fhèin a bheir e fìor bhuaidh ort. Tha mi a' bruidhinn an-dràsta air seirbhis na slàinte, chan ann a-mhàin air tìr-mòr ach anns na h-eileanan cuideachd, agus mar a fhuair mise a-mach o chionn ghoirid, 's mairg dhan duine a dh'fhàsas tinn air an deireadh sheachdain. Tha fear de na balaich agam a' fulang leis a' chuing, no an sac, bho bha e na leanabh, agus esan a' crochadh an còmhnaidh air "inhalers". Air feasgar Disathuirne,

deireadh sheachdain saor-laithean a' Chèitein, thàinig droch chuairt air. Bha fios nach fhaigheadh sinn sgeul air dotair gu Dimàirt, agus 's e brath airson fòn a chur gu NHS 24, an aon fhiosrachadh a bha ri fhaotainn. Leis an t-eòlas a bh'againn fhìn air suidheachadh a' bhalaich, agus mar a bha an dotair air comhairle thoirt oirnn iomadach uair, rinn sinn air an ospadal ann an Steòrnabhagh sa bhan.

Mun àm a ràinig sinn bha e gu math na bu mhiosa, ach bha e dà uair a thìde eile mus d'fhuair sinn e suas dhan uàrd agus e an uairsin na chùis-èiginn, is gun anail aige. Mura biodh cho sgilear, cho fiosrach is cho sgiobalta is a bha na banaltruim, chan eil teagamh sam bith agam nach e gnothaich gu math cianail a bhiodh air a bhith againn. Carson a thug e cho fada? A-rèir coltais cha robh anns an ospadal ach aon dotair a' frithealadh an ospadail gu lèir, agus e a' falbh bho àite gu àite mar rionnag an earbaill. Tha eòlas a tha sònraichte aig cuid de na banaltruim, ach chan eil ùghdarras acasan leigheas a thoirt seachad gun chead bho dhotair...nuair a gheibh iad lorg air fear no tè.

Bhon uairsin tha mi air beagan rannsachaidh a dhèanamh, agus tha e follaiseach gu bheil mòran ghearain ann mu sheirbhis na slàinte ann an Eilean Leòdhais. Dè

is adhbhar, cion airgid no cion dhòtairean no gach cuid? Agus dìreach dè feum a th'ann an NHS 24, nuair nach fhaigh thu dotair anns a bheil earbs' agad ma thig èiginn mar sud ort? Tha an suidheachadh air a dhol bhuaithe, agus mar iomadach nì eile, 's docha gum feum call tachairt mus tèid sealltainn ris a' ghnòthaich. Tha sinne gu math taingeil gu bheil am balach a' togail air, ach cuiridh mi mo ghearain a-steach gun Bhòrd Slàinte agus gun Bhall-Pàrlamaid ùr againn, agus chomhairlichinn do dhuine sam bith ris na thachair a leithid, an dearbh rud a dhèanamh.

Air an dearbh dheireadh-sheachdain, am meas an upraid a bh'againn, thàinig dà fhichead duine ann am buidheann òigridh à coithional Bhaile-Ghobhainn agus Chiùlodair ann an Inbhirnis air aoigheachd dhan sgìre againn ann an Càrlabhagh. 'S mòr na chaidh a dhèanamh nam measg eadar phàrantan, luchd-stiùiridh òigridh, ministear agus luchd-dreuchd na h-Eaglaise Saora. Air oidhche Sàbad chaidh an dà choithional sa sgìre còmhla agus b'ann an sin a bha an càirdeas agus an caidreachas. Tha e taitneach fhaicinn gu bheil na h-eaglaisean a' dèanamh saothair mòr leis an òigridh, agus buileach tlachdmhor a bhith a' faicinn an fheadhainn òga sin le suim agus spèis do

nithean spioradail, ann an là far a bheil mòran rudan suarach mun cuairt orra, gu math nas mìos na bh'ann an làithean m'òige-sa. Nuair a bha mise òg, nan tigeadh ministear an taobh a bha sinn, 's ann a bha sinn a' dèanamh às

aig peillar ar beatha!

Bha cruinneachadh cudromach eile ann an Steòrnabhagh air a' mhios a chaidh seachad far an deach na Comainn Eachdraidh bho air feadh nan eilean a tharraing còmhla ann an Colaiste a' Chaisteil aig co-labhairt nan Ceanglaichean, no "Links". Bha riochdachadh bho gach Comunn Eachdraidh agus bho na taighean-tasgaidh, beag agus mòr anns na h-eileanan, agus taisbeanaidhean "powerpoint" air a follaiseachadh, a bha a' toirt soillearachadh sònraichte air na tha na buidhnean seo

air a dhèanamh le glè bheag de thac-airgid. Tha iad gun teagamh air mòran den chultair agus eachdraidh a chruinneachadh agus a chur fa chomhair an t-sluaigh, agus tha làn chòir aca a bhith a' faighinn an tuilleadh taic agus brosnachadh.

Anns an dealachadh, meal a naidheachd air Aonghas Briannan MacNeill, agus nach ann orm a tha a' mhoit gun robh an X agam a' cur tìd mu dheireadh thall!

Bùthan-obrach Bùthan-obrach ann a bhith a' dèanamh chumaidhean le creadh-dealbhaidh - do Chloinn air a stiùireadh le Blandine Anderson

Disathairne 11 Ògmhios, 10.00 - 12.00 & 2.00 - 4.00
Seisean maidne do chloinn 8 - 10 bliadhna
Seisean feasgair do chloinn 10 - 14 bliadhna
Thèid an seo a chumail tro mheadhan na Gàidhlig

Disathairne 2 Iuchar, 10.00 - 12.00 & 2.00 - 4.00
Seisean maidne do chloinn 8 - 10 bliadhna
Seisean feasgair do chloinn 10 - 14 bliadhna
Thèid an seo a chumail ann an Gàidhlig is Beurla

Tha na tachartasan seo saor 's an asgaidh, ach feumaidh tu àite a ghleidheadh ann dhut fhèin ro làimh.

Oraidean Oraidean mu Sheanfhaclan Gàidhlig le Ruairidh MacIlleathain

Dihaoine 17 Ògmhios aig 7.00f
Bidh an òraid seo ann an Gàidhlig Urrasachd bho Fhòram Gàidhlig Inbhir Nis

Disathairne 18 Ògmhios aig 2.00f
Bidh an òraid seo ann am Beurla



le Blandine Anderson

'An ni chi na big, 's e ni na big' Seanfhaclan Gàidhlig

Taisbeanadh, Tachartasan,

Oraidean
10 Ògmhios - 2 Iuchar
Airson barrachd fiosrachaidh cuiribh fios gu Gailearaidh a' Caisteil Gailearaidh a' Chaisteil
43 Sràid a' Chaisteil
Inbhir Nis IV2 3DU
F : 01463 729512
Post-D :
info@castlegallery.co.uk
www.castlegallery.co.uk

Còmhlan Canaidianach dol a thoirt "Blas" beò

Thogadh buill a' chòmhlan Chanaidianach, na Barra MacNeils, ann an sgìre gu math Gaidhealach faisg air Sydney Mines ann an Ceap Breatainn.

Chaidh a' chiad chlàr aca fhoillseachadh bho chionn fichead bliadhna nuair a bha iad fhathast nan oileanaich ciùil. Tha iad air soirbheachadh math bhon uair sin agus bha na Barra MacNeils air an comharrachadh mar Chòmhlan na Bliadhna ann an 2001.

Leis an sin tha an fhèis "Blas" air leth toilichte gu bheil an còmhlan ainmeil seo deònach tighinn a-nall a dh'Alba gus pàirt a ghabhail ann am fèis na bliadhna. Tha iad gu bhith a' nochadh ann an ceithir ceàrnaidhean dhen Ghaidhealtachd eadar Inbhir Uige mu thuath agus Àird nam Murchan mu dheas.

'S ann às an aon teaghlach a tha buill nam Barra MacNeils — Seumas, Kyle, Lucy agus Stiùbhart. A rèir coltais, tha iad air an dòigh gun d'fhuair iad fiathachadh chun na fèise. "S e adhbhar toileachas

a th' ann dhuinn uile gu bheil cothrom againn pàirt a ghabhail anns an fhèis tur ùr seo," thuir Stiùbhart, "tha e an-còmhnaidh math a bhith am measg seann chàirdean agus, gu dearbha, feadhainn ùra cuideachd air Ghaidhealtachd."

A' bruidhinn às leth na fèise, rinn Brian Ó hEadhra toileachas ris an naidheachd seo. "S e fear de dh'amasan na fèise dèanamh cinnteach gum biodh luchd-ciùil bho dhùthchannan eile aig a bheil dàimh ri dualchas na Gaidhealtachd air an riochdachadh.

"Mar sin tha e dha-rìribh iomchaidh gu bheil na Barra MacNeils, teaghlach a bha air am bogadh ann an dualchas nan Gaidheal bho thùs, a' tighinn gu fèis na bliadhna. Còrdaidh iad gu mòr ri muinntir na sgìre agus is iongantach mur a còrd Blas riutha-san cuideachd."

AGUS tha fios le cinnt a-nis gum bi an còmhlan ainmeil Dòchas a' nochdadh aig Blas, a bhios air a chumail san t-Sultain am-bliadhna.

Tha Dòchas air aontachadh cluich san Aodann Bhàn san

Eilean Sgitheanach agus cuideachd ann an Diùrinis ann an Cataibh. Rinn an fheadhainn a tha a' ruith Blas gairdeachas ris an naidheachd seo oir tha Dòchas andiugh am measg an luchd-ciùil as cliùitiche a th' ann.

Chualas cuideachd gu bheil Julie Fowles, prìomh sheinneadair a' chòmhlan, gu bhith a' nochadh leatha fhèin aig cuirmean rè na fèise. 'S ann ann an Loch Aillse agus ann an Gallaidh a bhios na cuirmean sin.

Tha Dòchas air soirbheachadh uabhasach math bho chionn ghoirid, gu seachd àraidh bhon chaidh a' chiad chlàr aca fhoillseachadh. A bharrachd air iomadh cuirm ciùil a chur air dòigh anns an dùthaich seo tha iad air a bhith thall ann an Èirinn, 's san Roinn Eòrpa agus ann an Canada a' cluich. Nochd an dàrna clàr aca sna bùithean bho chionn mìos no dhà agus a rèir coltais bidh am fear seo a cheart cho soirbheachail ris a' chiad fhear.

Tha Dòchas dìreach air tilleadh bho chuairt a rinn iad anns an Ostar. Chaidh cùisean uabhasach math leotha thall an sin agus bha a' chuid bu mhotha dhe na tal-laichean aig an robh iad a' cluich loma lán. Tha Julie cuideachd air a bhith air chuairt air feadh ceann a tuath na dùthcha.

"S ann a bha e fìor mhath fiathachadh fhaighinn gus pàirt a ghabhail ann am Blas dìreach as dèidh dhuinn tilleadh dhachaigh às an Roinn Eòrpa," thuir Julie. "'S e rud air leth math a th'ann am Blas agus is cinnteach gu soirbhich gu math leis. Tha sinne uile air ar dòigh gu bheil sinn air an cothrom seo fhaighinn."



An còmhlan òg Dochas, a bhios cuideachd aig an fhèis

Ballrachd

Tha An Comunn a' cur fàilte air na h-uile aig a bheil ùidh anns a' chànan. Steidhichte anns an Òban ann an 1891 airson a' Ghàidhlig adhartachadh tro foghlam is ceòl le taic phoblach tha An Comunn air a bhith air toiseach le oidhirpean neo-eisimealach airson na Gàidhlig.



Nan raointean obrach aig a' Chomunn is fhiach taic

- Am Mòd Nàiseanta Rìoghail
- Mòdan Ionadail
- Clò-bhualadh
- Meuran
- Bùth A' Chomuinn

1 Tha mi airson a bhith nam bhall den Chomunn Ghaidhealach

Ballrachd bliadhna Inbich E15 Oileanaich E5 Balla Corporra E50 Oigearan E5

2 Lionaibh le fiosrachadh

Ainm _____
Seòladh _____
Cod Postachd _____
Aireamh fòn _____ Post-dealain _____

3 Pàigheadh le seic/cairt creideis

Tha seic an cois seo pàighte gu An Comunn Ghaidhealach

Cuiribh creideas ri mo: VISA MasterCard AMEX Switch/Maestro

(Issue No. _____) airson: BALLRACHD BHLIADHNAIL no/agus TIODHLAC

Card number _____ Expiry date _____
Ainm sgrìobhte _____ Ceann là _____

4 Standing Order Orduh airson gnàth riaghailt gu do bhanka no do chomann togalach airson pàigheadh le gnàth riaghailt

Gun mhanaidsear: ainm a' bhanka _____
Seòladh _____
Cod Postachd _____

Pàigh E _____ na Banca Rìoghail na h-Alba, 29 Rathad na h-Acarsaid, Inbhir Nis IV1 1NU, Cod rèiteachaidh 83-23-10 mar chreideas dhan Chomunn Ghaidhealach àireamh chumtais 00755799 agus cuir fiach shuim an aghaidh mo chumtais _____ air 01/04/05 agus gach bliadhna an dèidh sin air a' chiad là den Ghiblean

Ainm sgrìobhte _____ Ceann là _____ Mem. No. (if applicable) _____

5 Tiodhlac tha mi airson gach tabhartas/fo-sgrìobhadh a ni mi bhon deit seo a bhith mar thiodhlac gus an cuir mi fios air a' chaochlachd

6 Ainm sgrìobhte _____
Ainm sgrìobhte _____ Ceann là _____

7 Cuiribh seo air ais gu: An Comunn Ghaidhealach, 109 Sràid na h-Eaglaise, Inbhir-Nis, IV1 1EY

Cothrom dha na fir a' cur às an corp

Air BBC Alba Diardaoin an 19mh den Chèitean, chithear "Na Fir!", prògram a tha a' toirt cothrom do dh'fhireannaich an latha an-diugh cur às an corp mu dheidhinn an t-seòrsa saoghal a th' aca.

Bidh am prògram a' toirt sùil air mar a tha inbhe nam fear air atharrachadh bho na seann làithean chun an latha an-diugh. Tha measgachadh de dh'fhir a' gabhail pàirt anns a' phrògram — nam measg, fireannach a tha gu mòr a' creidsinn ann am fallaineachd, pàrant òg, fear a tha sna ficheadan agus a tha fhathast a' fuireach còmhla ri phàrantan, baidsealair agus fear gnìomhachais òg a tha a' ruith a chompanaidh fhèin — 's iad uile le beachdan gu math eadar-dhealaichte mun t-saoghal

anns a bheil iad beò.

Am measg an fheadhainn a chithear anns a' phrògram bidh Dòmhnall (Rhyno) Moireasdan, stiùiriche leasachaidh Bòrd na Gàidhlig ann an Inbhir Nis, Ùisdean Robasdan à Uibhist a Tuath a tha 'g obair dhan ùghdarras ionadail ann an Uibhist a Tuath, Dòmhnall MacSuain, oileanach à Leòdhas agus Alasdair Stephen a tha na ailtire anns an Eilean Sgitheanach.

A-bharrachd orra-san, chithear cuid de "Na Fir" as aithnichte ann an craoladh na Gàidhlig. Bheir iadsan iad fhèin seachad am beachdan air an t-seòrsa inbhe a tha aig na fireannaich ann an saoghal an latha an-diugh agus mar a tha e air atharrachadh thar nam bliadhnaichean.


Am measg cuid dhe na

cuspairean air am bi na fir a' beachdachadh bidh na leanas: dè a th' ann an Gàidheal Ùr, dè an rud as cudthromaiche ann am beatha nam fear agus nach biodh iad beò às aonais, dè bhios a' cur an dearg chuthaich orra, dè cho fosgailte 's a tha fireannaich mu na faireachdainnean aca agus a bheil a leithid de rud ann ri "Boireannach Ùr".

Thèid "Na Fir!", a tha air aithris le Iain MacIlle Mhicheal, a chraoladh air Diardaoin 19mh den Chèitean aig 6.45 feasgar air BBC2 Alba.

Chaidh am prògram a riochdachadh le Media nan Eilean agus a mhaoineachadh le Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig.

Dòmhnall Moireasdan a chithear anns an t-sreath ùr



sàr-dealbhach do dh' alba dhùthchail

T: 01471 833300 F: 01471 833322
E: info@dualchas.com

Prìomh Sgeulachdan na Mìos

Mì-chinnt mu airgead an telebhisein

Tha tomhas de mhì-chinnt mu choinneimh suim airgid a thatar an dòchas a thig gu Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig airson an cuideachadh ann a bhith cruthachadh seanal ùr telebhisein.

Nochd aithrisean bho chionn grunn sheachdainean gun robh Riaghaltas na h-Alba dol a thoirt £250,000 seachad don bhuidhinn ann an gluasad a bha air fhaicinn air leth cudthromach.

Ged nach eil an suim ach beag bhatar ga fhaicinn cudthromach oir bha e na chomharra gun robh ministearan Lunnainn a' gabhail an uallaich airson iomairt an t-seanail a mhaoineachadh.

Ach, ged a tha faisg air mìos bho nochd an naidheachd an toiseach chan eil Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig fhèin air càil a chluinntinn fhathast — a' togail ceist mu bheil an t-airgead idir dol a thiginn.

Thuir leas-stiùiriche na buidhne, Seonaidh Ailig Mac a'

Phearsain: "Chan urrainn dhuinn càil a ràdh mu dheidhinn oir chan eil sinn air càil a chluinntinn."

Bha argamaid a' dol eadar Riaghaltas na h-Alba agus Riaghaltas Lunnainn mu cò a bu chòir an seanal ùr a mhaoineachadh, le luchd Dhùn Èidinn a' cumail a-mach gu bheil gnothaichean craobh-sgaoilidh fo smachd Lunnainn agus an fheadhainn aig deas ag ràdh gu bheil uallach na Gàidhlig a' laighe gu tuath.

Thatar an dòchas aig a' cheann thall gu gabh ministearan Lunnainn smachd air a' ghnòthach oir tha na sporanan aca-san gu math nas doimhne na tha de dh'airgead ri fhaighinn bho Dùn Èideann. Bha an £250,000 air fhaicinn mar an nì a dh'fhosgadh an doras.

AGUS tha Comhairle nan Eilean Siar air a ràdh mas e agus gun tig seanal Gàidhlig gu bith gum bu chòir dha a bhith stèidhichte anns na h-Eileanan an Iar, sgìre a tha iad ag ràdh a tha mar

chridhe dhan chànan.

Tha a' chomhairle ag ràdh gu bheil 26,500 a' fuireach sna h-eileanan agus gu bheil an cànan air bilean faisg air trì chairteil dhen t-sluagh sin.

Thug iad cuideachd argamaid seachad gu bheil na siostaman ann an àite mar-thà le na goireasan stiùidio, a chosg na milleanan, ann an Steòrnabhagh — ionadan far a bheil Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig fhèin stèidhichte.

Chuir a' chomhairle na bheachdan ac gu Ofcom, a' bhuidheann a tha riaghladh gnìomhachas a' chraoibh-sgaoilidh, agus rinn iad e soilleir a' bhuidheann mhòr a bhiodh aig na h-obraichean air an eaconamaidh ionadail.

Dh'innis iad cuideachd gu bheil e riatanach na prògraman Gàidhlig a chraoladh air na seanalann abhaisteach gus am bi an sluagh gu lèir deiseil airson gluasad chun t-siostam digitich.

Gealltanais air taic-airgid nan Uibhistean

Tha Riaghaltas na h-Alba agus Comhairle nan Eilean Siar ann an còmhraidhean mu dheidhinn dè an taic a thèid a thoirt seachad airson rathaidean, cabhsairean 's togalaichean nan eilean a chàradh.

Chaidh mòran sgrios a dhèanamh sna h-eileanan san Fhaoilleach, gu seach àraidh ann an Uibhist, nuair a bhual na stoirmean as miosa aig a bheil cuimhne aig daoine an sgìre.

A thuilleadh air an sgrios air togalaichean is rathaidean dh'adhbhraich na gèiltean tubaist uabhasach nuair a rug suaile mhòr air teaghlach òg 's iad a' teicheadh bhon dachaigh nan càr. Bhàsaich na còigear ac'.

Thadhal a' Chiad Mhinistear

ann an Riaghaltas na h-Alba, Seoc McConnell, air an sgìre bho chionn grunn sheachdainean agus gheall e gun toireadh iad taic-airgid seachad airson a' chomhairle a chuideachadh ann a bhith càradh a' mhillidh a chaidh a dhèanamh air na rathaidean, cabhsairean is sgoiltean.

A-nis tha oifigearan bhon chomhairle agus bhon Riaghaltas an lùib còmhraidhean airson dearbhadh dè na dh'fheumas a' chomhairle de dh'airgead fhaighinn agus dè nas urrainn dhan Riaghaltas a thoirt seachad.

Thuir an comhairliche ionadail, Peadar Carlin: "Feumar gnothaichean mòr a chur air adhart an seo gun dàil. Tha daoine air an dachaighean a

chall agus ma thig stoirm eile smaoinichidh mise air sia dachaighean eile a dh'fhaodar a chall. Tha daoine air gluasad a-mach às na dachaighean aca san Ìochdar agus chan urrainn dhaibh tilleadh."

Am measg na sgrios a chaidh a dhèanamh chaidh bun-sgoil Baile a' Mhanach ann am Beinn nam Faoghla a dhroch mhilleadh chun ire agus gu feumar togalach gu tur ùr a thogail. Bha i suidhichte gu math faisg air a' chosta ann an làraich isosal.

Tha a' chomhairle dol a dh'iarraidh beachdan an t-sluagh ionadail mu dè na h-àiteachan as fheàrr airson an sgoil ùr a stèidheachadh. Tha 100 sgoilear ga frithealadh.

Buille do eaconamaidh cugallach

Chaidh ionad rannsachaidh mara ann an sgìre iomallach air Ghaidhealtachd a dhùnadh an dèidh do Riaghaltas na h-Alba diùltadh taic-airgid luach £200,000 a thoirt seachad.

Dhùin ionad Àrd Tobha ann an Àrd nam Murchan, a bha a' rannsachadh gnothaichean co-cheangailte ri gnìomhachas an tuathanais èisg, an dèidh mì-chinnt nochdadh mu shuidheachadh an airgid aca.

Tha e a' ciallachadh gun tèid 13 obraichean a chall ann an sgìre a tha air a combharrachadh mar aon de na h-àiteichean ann an Iomairt Aig an Oir — sgeama a tha ag amas air na sgìrean as iomallaich agus as truaigh air Ghaidhealtachd a chuideachadh.

Chaidh aithisg ullachadh le

eòlaichean ionmhais a bha mineachadh nan duilgheadasan airgid a bha ro stiùirichean an ionaid, gach cuid mar a tha an suidheachadh an-dràsta agus mar a bhios e ann an greis eile. Cha robh iad fiù 's a' faicinn dòigh air an t-suidheachadh a rèiteachadh le cinnt san ùine fhada.

Dh'iar riochdairean an ionaid air ministearan suim luach £200,000 a thoirt dhaibh gach bliadhna gu 2008 — rud a bheireadh dhaibh an cothrom obair eile a lorg agus an t-àite a chumail fosgailte.

Thuir an stiùiriche, an t-Ollamh Graham Shimmield: "As aonais maoineachadh ro-innleachd chan urrainn dhut co-dhùnidhean eile, mar a bhith faighinn iasaid bhon bhanc 's do rudan co-cheangailte to do theachd-a-steach.

"Gu sìmplidh ruith sinn a-mach à airgead. Bha sinn dìreach air luchd-obrach ùr fhastadh cuideachd agus leis an sin tha mi fada seachad air a bhith dìreach air mo thàmailteachadh."

A thuilleadh air a bhith na ionad rannsachaidh dha gnìomhachas an tuathanais èisg bha Àrd Tobha cuideachd ceangailte ri Oilthigh na Gaidhealtachd 's nan Eilean agus ionad rannsachaidh eile san Òban.

Thuir fear-labhairt às leth an Riaghaltais gun robh fios math aig an Ollamh Shimmield carson a chaidh an t-ionad a dhùnadh oir gun robh e fhèin na bhall de bhuidheann obrach a bha a' coimhead ris an t-suidheachadh.

An Gàidheal Ùr

Ainm

Sòbhladh

Breatainn	£13.00	<input type="checkbox"/>
An Roinn-Eòrpa post-adhair	£15.00	<input type="checkbox"/>
Zone 1 post-adhair	£20.00	<input type="checkbox"/>
Zone 2 post-adhair	£26.00	<input type="checkbox"/>

Deànaibh seicean a-mach gu An Gàidheal Ùr mas e ur toil e.

Ainm Sgrìobhte

Tillibh seo gu: An Gàidheal Ùr, Taigh a' Mhorair Leverhulme, Ceàrnag Phearsabhail, Steòrnabhagh, Eilean Leòdhais HS1 2DD

An Gàidheal Òg

A, BIADH AGUS COCAIREACHD

Tha mòran fhacail sa cheàrnag seo co-cheangailte ri biadh agus còcaireachd. Gheibh thu iad le leughadh tarsainn (bho cli gu deas no deas gu cli), sìos, no suas., Cia mheud a lorgas tu? Tha na freagairtean aig bonn na duilleige.

p	a	n	a	a	r	u	l	f	n	i	m
r	b	c	d	e	g	i	m	r	i	e	b
a	n	a	n	a	e	n	n	i	u	n	h
i	c	e	a	p	a	i	r	e	a	n	r
s	i	u	c	a	r	n	i	s	d	i	c
c	e	i	c	s	a	u	b	h	l	a	n
m	e	a	s	g	a	d	a	i	r	b	t
u	l	m	g	s	t	i	u	d	h	r	o
g	t	c	o	c	a	i	r	e	m	o	u
h	m	i	n	c	h	o	i	r	c	t	s
a	m	h	a	i	n	n	r	a	r	a	n

B, Cia mheud facail, le trì litrichean no barrachd, a gheibh thu le bhith a' cleachdadh na litrichean anns na facail seo, gun a bhith a' cleachdadh litrichean nas trice na tha iad a' nochdadh anns na facail.

BIADH AGUS COCAIREACHD.

Tha mòran fhacail ann. Feuch am faigh thu na tha seo:

- 12 le 3 litrichean e.g. bha
- 10 le 4 litrichean e.g. each
- 5 le 5 litrichean e.g. obair
- 5 le 6 litrichean no barrachd e.g. darach.

Tha cuid de na facail a tha comasach fhaighinn aig bonn na duilleige.

C, LEIGHEAS A' CLEACHDADH

Tha fhios again gu bheil a bhith ag ithe biadh ceart gar cumail fallain, ach anns na seann làithean, mus robh e cho furasta cungaidhean leigheis a cheannach, bha biadh air a chleachdadh airson leigheas cuideachd.


Seo eisimpleirean dhiubh.

Ola Easgainn (Math airson fuachd)	Bhiodh an t-ola ga bhlàthachadh ri taobh an teine, agus bhiodh sia boinneagan ga chuir a-measg siùcar, gus am biodh e na b'fhasa a ghabhail.
Salainn Teth (Math airson pian cluas, no airson at a thoirt gu ceann)	Bhiodh iad a' dèanamh an salainn teth ann am prais, agus ga chur air an àite anns an robh am pian.
Siabann agus Siùcar (Math airson at a thoirt gu ceann, agus airson bior a tharraing a-mach a meur)	Bhiodh iad a' tomadh siabann ann an siùcar, ga chur air an àite san robh an t-at no am bior, agus a' ceangal bann timcheall air. Dh'fheumadh seo fhàgail air grèis, gus an obraicheadh e.
Fuar-lit. (Math airson at, no nam biodh sèid an àite an dèidh buille.)	Bhiodh iad a' cur min-choirc ann an clobhd, agus a' pasgadh a' chlobhd timcheall air. Bhiodh sin an uair sin air a thomadh ann am bùrn teth. Bhiodh sin a' dol air an at, le bann timcheall air.

FREAGAIRTEAN

A,
pana; min-flur; beirm; uinneanan; ceapairean; siùcar; cèic; ubhlan; measgadar; cocaire; min-choirc; amhaln; aran; prais;
ugh; sgonal; brot; stùdh.
B,
3 litrichean : dhà, bha, bad, bus, air, car, ach, gus, gad, sad, sia, gob, cab, ìre, cor, cur, agh, seo, cas, bàs.
4 litrichean: bidh; бага, aire, each, cèic, ceas, cels, ochd, bara, rèis, cèir, rach. Càch; coir, cuir, aigh, bras, cais, broc, bàgh,
sèid.
5 litrichean: deich; coire; doire; obair; seach; seadh; bàigh; crodh; riadh; gèadh; càise; seice;
6 + litrichean: chaidh; achadh; reachd; còcaire; beachd; seachd; siùcar; brùich; carach; darach; seobhrach; creach; aig-
hear; crèadha; geodha; rocaid; seacaid; seachadh; socair; sochair; d'ochas; dochar; dorcha; busach; sochatreach;
chuireadh; seacadh.

Duais airidheil dha Mowbray, ach dè nis dha fhèin is Celtic?



Sùil air Spòrs
Le Ailig O'Hianlaidh

robh iad air bruidhinn ri Joe Royle, manaidsair Ipswich, bhiodh iad air fhaighinn a-mach gun robh Mowbray deiseil airson sgioba a ghabhail thairis agus gun robh beachdan adhartach aige mun dòigh sam bu chòir an gèam a chluiche, beachdan a fhreagradh glan air an fheallsanachd aig Hibs.

Bha eachdraidh riamh aig an sgioba airson a bhith a' cluiche ball-coise siùbhlach, sgileil. Mar a tha an t-ainm a' toirt fa-near dhuinn, chaidh Hibernian (an t-ainm Ròmanach airson Eirinn) a stèidheachadh mar bhuidheann airson Èireannaich Dhùn Èideann agus mus cualas guth air Celtic, b' iad an sgioba a bha a' riochdachadh Caitilgich na h-Alba. Gu dearbh, chun an latha an-diugh canaidh cuid de luchd-leantail Hibs gun do ghoid Celtic an iomhaigh sin a thuilleadh air na cluicheadairean a b' fheàrr aca aig an àm agus, bliadhnaichean as dèidh sin, am manaidsair aca, Seoc Stein, cuideachd.

Stèidhichte ann an Lite ann an 1875, bha beatha gu math cruaidh aig an fheadhainn a thòisich a' leantail Hibs. Cha robh air chothrom dhaibh ach na h-obraichean a bu thruime 's a bu shalachaiche agus bha na taighean san robh iad a' fuireach am measg an fheadhainn a bu mhiosa sa bhaile cuideachd. Mar sin, bha ball-coise mar dhòigh air teicheadh bhon chaitheamh beatha dhuilich sin airson greiseag gach dàrnacha feasgar Disathairne.

Gu cudthromach bha taobh Eòrpach ri coimhearsnachd Lite cuideachd, sgìre a bha ainmeil tro na linntean airson malairt eadar Alba 's an Roinn Eòrpa agus an Fhraing gu sònraichte. 'S dòcha nach robh e na iongnadh mar sin gum b' e Hibs a' chad sgioba Breatannach a chaidh a-steach airson Cupa na h-Eòrpa as dèidh an Dara Cogaidh agus tha an taobh sin de luchd-leantail Hibs ri fhaicinn chun an latha an-diugh. Cuimhnich am meas a bh' aca air a' chluicheadair Frangach, Franck Sauzee, beagan bhliadhnaichean air ais, fiù 's an uair a bha e follaiseach nach deigheadh aige air Hibs a chumail anns a' Phrìomh Liog. Bh-làthaich iad ri Ailig MacIlliosa mus do dh'fhalbh e gu Rangers, ach cha robh meas sam bith aig a' mhòr-chuid dhiubh air MacUilleam, a bha nam beachd-san, a' toirt Hibs sìos slighe eile a bha calg-dhireach an aghaidh an cuid eachdraidh.

Ach tha fios nach robh dùil sam bith aca gun tigeadh uimhir de dh'atharrachadh air an sgioba ann an

ùine cho goirid. Chan eil airgead sam bith air a bhith aig Mowbray airson cluicheadairean ùra a cheannach, rud a tha a' dèanamh a chuid euchdan nas iongantach buileach. Tha e air a' chuid as fheàrr a thoirt às na cluicheadairean òga aige agus air an deasachadh nan inntinn agus nam bodhaig airson 's gun tèid aca air ceann a' mhaide a chumail ri cluicheadairean a tha nas eòlaiche 's nas ainmeile na tha iad fhèin.

Airson an dara uair air an t-seasan seo sguab iad Celtic far na pàirce cola-deug air ais, ach an trup seo fhuair iad an duais air an robh iad airidh, trì puingeagan gun toirt ceum nas fhaise air an treas àite a bheireadh ball-coise Eòrpach gu Easter Road nas annoiche air a' bhliadhna. Goirt 's gun robh an droineadh sin do luchd-leantail Celtic, tha mi làn chinnteach gun do mhothaich iad an stoidhle leis an do chluich Hibs an latha sin, dòigh cluiche a tha gu math faisg air na cridheachan aca fhèin cuideachd.

Chan eil mi ag ràdh gu bheil luchd-leantail Celtic an impis an cùl a chur ri Màrtainn O'Neill — no esan riutha-san buileach fhathast — ach nam b' e 's gun cailleadh Celtic an Liog ri Rangers sna beagan sheachdainean a tha romhainn, bhiodh gu leòr ceangailte ris an sgioba deònach ceistean a thogail mun t-slighe air adhart. Tha luchd-leantail Celtic air an clisgeadh a h-uile turas a nochdas obair manaidsair mhòir ann an Sasainn is eagal orra gun cuir O'Neill a chùl ris an sgioba, ach saoil dè a thachras a-mach bho seo?

Cha toir luchd-leantail Hibs taing sam bith dhomh airson seo a ràdh, ach thuige seo cha robh duine follaiseach ann a bha comasach agus deònach dreuchd O'Neill a ghabhail nam b'e 's gum fàgadh e soraidh slàn ri taobh sear Ghlaschu. Ann an aon sheasan tha Mowbray — aig a bheil dlùth-cheangal ri Celtic bho làithean mar chluicheadair — air a dhearbhadh gu bheil an comas agus am miann aige ainm a dhèanamh dha fhèin aig an ìre as àirde.

Chan eil e deiseil airson an ath cheum a ghabhail fhathast agus gheibh e tuilleadh eòlais luachmhor an ath sheasan ma gheibh Hibs a-steach gu Cupa Uefa, ach gu mì-fhortanach dhaibhsan tha cumart ann gum foadadh an aon rud tachairt le Mowbray 's a thachair do Stein sna trì ficheadan. Airson maitheas Hibs agus fallaineachd ball-coise na h-Alba, tha mi an dòchas gu bheil an latha sin greis mhath air falbh fhathast.



Thig a dh' Ìle a dh'ionnsachadh na Gaeilge

Bidh cothrom sònraichte aig duine sam bith le Gàidhlig a tha airson Gaeilge (Gàidhlig na h-Èireann) ionnsachadh tighinn a dh' Ìle san Iuchar airson cùrsa seachdaine aig Ionad Chalum Chille Ìle. Bho Dhiluain 11 gu Dihaoine 15 Iuchar tha an cothrom aig luchd na Gàidhlig tighinn dhan Ionad agus Gaeilge ionnsachadh leis an neach-teagaisg iomraiteach Éamonn Ó Dónaill agus aig a' cheart am bidh na h-Èireannaich le Gaeilge a' cruinneachadh airson oideachadh sa Ghàidhlig le Mark Wringe a tha na òraidiche Gàidhlig aig Sabhal Mòr Ostaigh.

Mar a thuirt Dòmhnall Angaidh MacIllinnein, manaidsair an ionaid: "Tha na h-Èireannaich air a bhith a' tighinn thugainn gach samhraidh bhon a dh'fhosgail an t-Ionad sa bhliadhna 2002 agus Gàidhlig ionnsachadh, agus am-bliadhna tha sinn a' toirt cuireadh dha mhuinntir na

Gàidhlig againn fhèin tighinn còmhla riutha gu Gaeilge ionnsachadh.

"Mar sin, bidh an dà bhuidheann de dh'oileanaich nan cuideachadh mòr dha chèile agus nach leig iad leas facal Beurla a chleachdadh fad na seachdaine. Bidh sinn cuideachd a' dèanamh ar dicheall na h-oileanaich air fad a chur a dh'fhuireach le teaghlach an Ìle aig a bheil Gàidhlig, agus bidh tachartasan a' dol againn fad na seachdain a leigeas le na h-oileanaich coinneachadh le muinntir na coimhearsnachd agus an cuir iad eòlas air a chèile."

Airson an tuilleadh fiosrachadh fhaighinn air a' chùrsa seo agus air taic-airgid le cosgaisean a' chùrsa is suibhal a tha ri fhaotainn le oileanaich bho Iomairt Cholm Cille, gheibhear bileag-fiosrachaidh is foirm-clàraidh bhon Ionad an Ìle air àireamh

fòn 01496 810818
no post-dealain: info@icille.co.uk

300 òganach Gàidhlig cruinn còmhla

Thàinig mu thimcheall air 300 neach-cloinne bho feadh Alba còmhla ann am prìomh bhaile na dùthcha aig deireadh na mìos a chaidh seachad agus an dàrna seachdain Ghàidhlig airson sgoiltean a fhrithealadh.

Tha an tachartas air a chur air dòigh le Comunn na Gàidhlig agus Comann nam Pàrant (Nàiseanta), ann an co-bhonn le Lios Luibheach Rìoghail Dhùn Èideann. Am-bliadhna bha an tachartas na bu mhotha le Pàrlamaid na h-Alba, an Taigh-tasgaidh Nàiseanta agus Dynamic Earth a' gabhail pàirt cuideachd.

Bha na sgoilearan à àiteachan cho fad às ri Leòdhas, Uibhist agus Tìrìodh agus

fhuair iad buannachd às an sgeama ùr-ghnàthaichte seo a tha a' toirt Gàidhlig a-mach às a' chlas agus ga toirt do dhiofar shuidheachaidhean ùra.

Thuirt Magaidh Wentworth, oifigear phàrant aig Comunn na Gàidhlig: "Tha cuairtean foghlaim uabhasach cudthromach ann a bhith a' leasachadh a' chànan agus an fhaireachdainn a tha aig a' chloinn a thaobh na Gàidhlig agus tha seo na chothrom dhaibh a bhith aig ionnsachadh tro chur-seachadan neo-àbhaisteach a tha tlachdmhor agus a tha air falbh bhon sgoil — tha e sònraichte math a bhith a' faicinn sgoiltean às na h-eileanan a' gabhail pàirt sa phròiseict."

Làrach-lìn ùr Ghàidhlig

Tha Dualchas Nàdair na h-Alba air làrach-lìn ùr a chur air bhog a bhios ag amas air fiosrachadh mun obair aca a sgaolleadh gu Gaidheil.

Thuirt a' bhuidheann gun robh iad mothachail air na h-adhartasan a tha air tachairt sa chànan, gu sònraichte gun deach gabhail ri Bile ùr na Gàidhlig ann am Pàrlamaid na h-Alba.

Tha a' bhuidheann ag ràdh gur e a bhith a' cur air bhog na làraich-lìn dìreach aon am measg raon de nithean a tha air a dhèanamh gus taic a thoirt dhan chànan bho chaidh am poileasaidh Gàidhlig fhoillseachadh ann an 2000.

Thuirt oifigear Gàidhlig na buidhne, Màiri

Nic Ghill Iosa: "Bha Gàidhlig air làrach-lìn SNH bho thùs, ged nach robh i uabhasach follaiseach. Ach, a-nis tha ceangal ann ri duilleag sònraichte a bhios a' stiùireadh dhaoine gu stuth Gàidhlig poblach SNH gu lèir.

"Tha sinn a' coimhead air adhart gu bhith a' leasachadh na tha againn de Ghàidhlig air an làrach-lìn san àm ri teachd mar phàirt de ar n-amas ann a bhith ag àrdachadh na tha againn de stuth sa chànan san fharsaingeachd."

Gheibhear an t-seirbheis ùr aig www.snh.org.uk le bhith a' bruthadh air a' phutan Ghàidhlig.



Rinn sgioba òg Hibs is am manaidsair aca Tonaidh Mowbray a chùis air cluicheadairean treun Celtic, ach 's dòcha an ceunn ùine gur ann a bhios Mowbray a' cumail rian air an sgioba eile a bhios a' cluiche ann an uaine is geal.

An Gàidheal Ùr

Dha daoine nach robh a-riamh anns an t-suidheachadh, tha e duilich tuigse a' bhuille a tha ann nuair a tha cuideigin faisg oirnn a' cur an làmh nam beatha fhèin. Glè thric bidh daoine a' feuchainn ri coire a lorg — carson nach do mhòthaich iad, carson nach d' thug iad an cothrom dhan truaghan no truaghag bruidhinn? Carson, gu simplidh, nach do chuidich iad?

Chan eil ann an seo ach rudan a tha nàdarach nuair a tha uimhir de ghortas a' tighinn nar beatha, glè thric gun rabhadh sam bith. Ach an àite ri bhith lorg coire ann an rudan beag an siud is an seo, no air aon neach sam bith, 's ann a tha uallach oirnn gu lèir, mar choimhearsnachd iomlan, an coire a ghiùlain.

Tha e tachairt fada ro thrice san t-saoghal 's a bheil sinn beo, saoghal far a bheil cothroman is airgead againn nach robh ri-amh aig ar sinn-seanairan. Tha ruideigin fada a dhith leis na h-amanan a tha e a' tachairt air sior èirigh sna deich bliadhna a dh' fhalbh.

Agus nuair a thachras e ann an coimhearsnachdan beaga, tha a' ghoirteas buileach, oir bidh an t-uabhas eòlach air cò iad is cò an teaghlach. Mar sin, 's dòcha gu bheil e furasta barrachd a dhèanamh dhen chùis na tha 's dòcha firinneach.

Ach, tha chan e seo a tha na figearan a' dearbhadh, ged a tha e na dhùilgheadas nàiseanta cuideachd. As na còig aiteachan as miosa ann an Alba tha trì aca anns a' Ghaidhealtachd 's na h-eileanan — na h-Eileanan Siar, mòr-thìr na Gaidhealtachd agus Arcaibh. Sin an dealbh ann an dubh 's an geal agus tha thide dùsgadh ris.

Tha na figearan seo cuideachd a' sealltainn gu bheil an suidheachadh nas miosa buileach am measg fireanaich òg, gu sònraichte eadar 15 agus 24. A-mach às na tha cur às dhaibh pèin tha trì chàirteal sa bhuidheann seo. Tha sin na adhbhar smaoinichaidh.

Tha fios gu bheil nithean sònraichte air a shon. Bhiodh e inntinneach faighinn a-mach dè cho tric 's a bha drugaichean mì-laghail no deoch làidir an sàs sa ghnothaich. Feumar a bhith

faicealach, ged-tà, oir chan eil duine airson a ràdh gur e seo a bha laighe air cùlaibh cùisean ann an suidheachadh sònraichte sam bith nuair nach eil dearbhadh cruaidh ann.

Ach, tha dà rud cho fìor is cho cinnteach ri èirigh na grèine sna madainnean: tha barrachd cothrom aig òigridh an là duigh air drugaichean is deoch làidir na bha aca a-riamh agus tha an àireamh dhaoine òg a tha cur às dhaibh pèin fada nas àirde na bha e a-riamh.

Fàgaidh sinn na ceistean duilich is domhainn airson an luchd-proifiseanta a' rèiteachadh, ach faodaidh sinn uile barrachd uallach a ghabhail sinn fhèin. Anns a' chiad dol a-mach feumaidh sinn a bhith mothachail gu bheil leithid de dhùilgheadas ann, gur bith dè cho làidir 's a bhios daoine airson an claisneachd a dhùnadh ris.

Agus tha nì eile ann a tha cur maille mhòr air oidhirp sam bith airson a' chùis a rèiteachadh, agus rud eile as urrainn dhuinn uile cuideachadh leis. Tha faireachdainn ann, gu h-àraidh am measg fireanaich òg, nach eil e idir treun a bhith ag aideachadh gu bheil e trom nan inntinn — gu bheil iad a' fulang agus ga fhaighinn duilich deilgheadh le'm beatha.

Chan eil duine ag ràdh gum bu chòir dhuinn uile oidhirp air leth a dhèanamh òibheachd bho àrd ar claigeann mu cho mì-reusanta a tha seo 's iarraidh air a h-uile duine an inntinn fhosgladh gun dàil, ach ma ghabhas sinn uile an cothrom an teachdaireachd a thoirt seachad nuair a bhios sin freagarrach nì e cuideachadh nach beag.

Chan e àrainneachd furasta a tha seo deilgheadh ris agus feumaidh sinn stiùireadh fhaighinn bho na h-eòlaichean. Ach, aig an aon àm faodaidh sinn uile beagan a dhèanamh sinn fhèin, nar beatha fhèin, airson a' chùis a' rèiteachadh. 'S dòcha an uairsin gum faigh sinn air deilgheadh leis mar choimhearsnachd iomlan. Air a neo chan eil càil a dh' fhios nach bidh ceannachd againn fhèin air là a choireigin.

Beachd

Ann an cunnart a' Ghàidhlig a trèigsinn air sgàth modh gun chiall



Le Aonghas Pàdraig Caimbeul

An dèidh dhomh pios a sgrìobhadh anns A' Phàipear Beag o chionn beagan sheachdainean, thuir boireannach ann an Slèite rim bhean Lionsaidh (anns a' Bheurla) "Carson nach eil e a' sgrìobhadh ann am Beurla, feuch 's gun tuiginn dè tha e 'g ràdh".

Feumaidh mi aideachadh gun do chuir a' cheist dragh agus cais orm, oir saoilidh mi gu bheil i a' samhlachadh dòigh smaoinichaidh a tha an dà chuid fèineil agus marbhtach. O, tuigidh mi glè mhath carson a bhiodh am boireannach còir airson gach facal a tha anns a' phàipear-naidheachd ionadail a leughadh, ach nach eil a' cheart uimhir de dhleasan (agus fada a-bharrachd) orra fhèin a' Ghàidhlig ionnsachadh ma tha i a' fuireach an-seo seach na tha ormsa mo Ghàidhlig a thrèigsinn (a-rithist) ann an ainm modh, mas e sin a th' ann.

Nach eil an còrr dhen Phàipear Bheag aice co-dhiù dhith fhèin 's dha a leithid anns a' Bheurla? Co-dhiù 99% dhe na thèid a sgrìobhadh ann.

Ach chan e seo a' chiad uair a chuala mi an dearbh ghearan, 's tha mi cinnteach nach e an turas mu dheireadh a-bharrachd, 's gach uair a chluinneas mi a' cheist seo mun Ghàidhlig tha i cur nam chuimhne an Rìgh Daibhidh a ghabh thuige fhèin Batseba bean Uriah 's mar a samhlach am fàidh Nàtan e an uairsin ri mèirleach aig an robh mìle caora air a' mhonadh dha fhèin ach a dh' fhalbh 's a ghoid an aon uan a bha aig a' chruitear bheag bhochd.

Glè thric, tha mi air tighinn chun a' cho-dhùnaidh seo: gu bheil deagh chuid dhe na Goill ag iarraidh a h-uile mac màthar rud dhaibh pèin. Chan eil e math gu leòr gu bheil na ceudan de sheanalan telebhisein aca, agus na ficheadan de phàipearan-naidheachd, agus na milleanan de leabhraichean is eile dhaibh pèin, ach feumar gearain nuair a gheibh sinn, na Gaidheil, òirleach bheag no dhà dhuinn fhìn nar cànan fhìn ann am pàipear-naidheachd air neo air telebhisean neo air rèidio no eile.

Chan eil cho fada sin a bha mi aig cuirm bheag Ghàidhlig agus dh' fhaighnich mi dhen tè bha seo, aig a bheil a' Ghàidhlig, ciamar a bha an duine aice. "O" ars' ise, "tha e uabhasach math. Ach tha e suas na sheòmar, oir cha tig e gu rud mar seo o chionn 's nach tuig e e."

Uill — abair gun tug sin orm smaointinn! Smaoinich mu na rudan nach eil mise (no thusa) a' tuigsinn! Chan eil mise a' tuigsinn buileach glan, mar eisimpleir, ciamar a tha a' ghrian ag èirigh gach madainn no a' dol fodha gach oidhche; chan eil mi a' tuigsinn ciamar a tha am fear a' fàs no ciamar a tha na dathan iongantach sin a' tighinn às a' bhogha-fhroise, no ciamar a bhòt an rìoghachd seo fhathast airson Tony Blair os dèidh Iraq, no mìle mìle rud eile, ach chan eil sin a' ciallachadh gu bheil mi glaiste nam sheòmar a dh'oidhche 's a latha fo eagal tighinn a-mach air eagal 's gun cuinn no gum faic no gum fairich mi rudeigin nach eil mi buileach a' tuigsinn!

Nam biodh e mar sin, cha tighinn a-mach às mo leabaidh idir, oir chan eil mòran ann a tha mi a' tuigsinn, agus tha fhios nach b' urrainn dhomh fìu 's laighe na mo leabaidh fhèin oir ged is e Lionsaidh a rinn an leabaidh againn a-mach a' fiodh is eile ('s i cho sgileil le sàbh is locair is eile) chan eil mi fhathast buileach a' tuigsinn ciamar a rinn i an leabaidh. 'S chan eil mi gu h-àraidh a' tuigsinn ciamar a tha i fhathast a' cumail gu tèarainte na seasamh, oir cha do thuig mi riamh grabhataidh, no fìu 's Einstein's Theory of Relativity, ged a dh' fheuch mi cruaidh gu leòr, 's ged a sgrìobh mi $e=mc^2$ cho tric air a'

bhalla rim thaobh.

'S e a tha mi ag ràdh nach eil tìr no ciall sam bith anns a' bheachd air neo anns an fheallsanachd a tha ag ràdh nach bu chòir dhuinn buntainn ri nì sam, bith nach eil sin a' tuigsinn. Tha dleastanas òirnn ceart gu leòr oidhirp mhòr a dhèanamh càch a chèile a thuigsinn agus mar as motha a sgaoileas am feallsanachd sin nar measg 's ann as fheàrr.

Tha an dleastanas sin ag obrachadh air gach taobh: feumaidh na Goill an oidhirp mhòr a dhèanamh sinne a thuigsinn, agus feumaidh sinne cuideachd an oidhirp mhòr a dhèanamh iadsan a thuigsinn, oir is ann às a' chonaltradh no às an dàimh sin a thig gliocas is tuigse is adhartas. Tha sin a' cheart cho fìrinnach mu dheidhinn Èirinn a Tuath is Iraq is eile is a tha e mun Ghàidhlig. Chan urrainn dhuinn falach air cùlaibh dhorsan dùinte gun bruidhinn ri chèile.

'S ann air sgàth sin a tha e deatamach gum biodh ficsean na Gàidhlig, mar eisimpleir, air fhaicinn taobh ri taobh ficsean Frangach is Ruiseanach is Beurla is Sionach is eile air na sgeilpichean eadar-nàiseanta. 'S ann airson sin cuideachd nach bu chòir do theilbhisean Ghàidhlig gabhail a-muigh no a-mach ri bhith air a chròdhadh a-steach gu uairean beaga na maidne (na h-oidhche) aig SMG no eile: feumaidh a' Ghàidhlig a bhith paisgte eadar Coronation Street agus Panorama, aig an aon ìre ri Newsnight no eile.

Oir nuair a tha sin a' tachairt chan eil an slugh anns a' chumantachas cho buailteach Ghàidhlig a dhineadh dhan oisean no a shadadh air an òtrach, ach gabhail rithe mar rud cho nàdarra ri oicseagain no cho àbhaisteach ri grian, no uisge. 'S ann air sgàth sin cuideachd a bha a' chuir mhòr Flower of the West a chuir a' bhuidheann Ghàidhlig An Lòchran air dòigh ann an Glaschu o chionn ghoirid cho math agus riatanach. Cha robh a' Ghàidhlig glaiste ann am preasa, ach gu nàdarach 's gu pròiseil air an àrd-ùrlar, gun a bhith a' dèanamh di-meas oirre fhèin, neo air cànan no cultar sam bith eile.



Chan eil e math gu leòr gu bheil na ceudan de sheanalan telebhisein aca, agus na ficheadan de phàipearan-naidheachd, agus na milleanan de leabhraichean is eile dhaibh pèin, ach feumar gearain nuair a gheibh sinn, na Gaidheil, òirleach bheag no dhà dhuinn fhìn nar cànan fhìn ann am pàipear-naidheachd air neo air telebhisean neo air rèidio no eile.



Litrichean gu:

Taigh a' Mhorair Leverhulme

Ceàrnag Phearsabhail

Steòrnabhagh

Eilean Leòdhais

HS1 2DD

Fòn: 01851 703487

Facs: 01851 706467

LITRICHEAN

A charaid chòir

Tha mi a' sgrìobhadh a' togail air an artaigil a nochd san iris mu dheireadh den Ghaidheal Ùr "Luchd na Gàidhlig ag iarraidh 3.5 millean ach a' faighinn 1.9 millean". B' e pios feumail a bh' ann is bu mhath leam cur ris.

Thàinig barrachd na ceud tagradh air beulaibh Bòrd na

Gàidhlig airson na bliadhna 2005-06. Bha e na bhrosnachadh dhan Bòrd uimhir de dh'iarntasan fhaighinn a-staigh agus thug e sealladh farsaing is inntinneach dhuinn air leasachadh na Gàidhlig an Alba san latha an-diugh.

Tha Bòrd na Gàidhlig ag obair gu dlùth cuide ri com-pàirtichean airson an cànan is an cultar a leasachadh, agus ann an cuid de shuidheachaid-

hean, tha am Bòrd fhèin a' gabhail leasachaidhean eadar-roinneil, mar rannsachadh is sgrùdadh air adhartas, os làimh.

Tha an t-airgead a tha air a chosg air leasachadh na Gàidhlig air a dhol suas gach bliadhna o chaidh am Bòrd a stèidheachadh. Thèid £2.9 millean a chur ris a' Ghàidhlig sa bhliadhna a tha romhainn, agus an spòran air fàs dà uiread on a chaidh am Bòrd a stèidheachadh ann an 2003. An ath-bhliadhna thèid £1.75 millean a bharrachd a chur ris an obair leasachaidh ùr a

dh'èireas à Bile na Gàidhlig. Tha e na adhbhar misneachd is molaidh gu bheil uiread de phròiseactan is iomairtean math a' tachairt air feadh na dùthcha agus thathar an dòchas gun cum an obair mhath a' dol is gum faic sinn tuilleadh co-obrachaidh is brosnachaidh sa choimhearsnachd Ghàidhlig agus air feadh Alba.

Leis a h-uile deagh dhùrachd Ailean Caimbeul àrd-oifigeir

Achd na Gàidhlig ga cur air bhog

Latha sònraichte ann an eachdraidh nan Gàidheal

Na mo sheasamh air steapaichean Trannsa a' Ghàrraidh ann an togalach ùr grinn Pàrlamaid na h-Alba, thàinig e a-steach orm gu soilleir nach robh sinn ach ceumannan beaga air falbh bhon doras fhoghladh air linn ùr don Ghàidhlig. Mar a thuirt mi air Aithris na Maidne an latha sin, 's e gu dearbh *'dies mirabilis'* a bh' ann. Cha b' ann gun stri is sabaid a thàinig sinn gu bhith nar seasamh air starsach adhartas mòr na Gàidhlig agus bha e na urram miorbhaileach dhomh a bhith an làthair aig a' Phàrlamaid airson na deasbaid crìochnachaidh air Bile na Gàidhlig.

B' e latha mòr eachdraidheil a bha ann 's bha sinne, aig Bòrd na Gàidhlig, anabarrach fortanach a bhith mar phàirt dheth. B' e latha a bh' ann airson spèis is aithne a thoirt dha na daoine a bha air obrachadh airson na Gàidhlig thar nam bliadhnaichean a dh'fhalbh. B' e cothrom a bh' ann taing a thoirt dhan h-uile duine a ghabh pàirt anns a' cho-chomhairleachaidh fharsaing a thug neart dhan Bhile. Ach b' e latha gu mòr a bh' ann airson sùil a thoirt san amharc, ri ginealach ùr agus ri cothroman ùra dhan Ghàidhlig.

Tha an Achd ùr, Achd na Gàidhlig (Alba), a' toirt aithne don Ghàidhlig ann an reachdas na dùthcha airson a' chiad turas agus tha i a' toirt còirichean dha na Gàidheal nach robh aca riamh roimhe a thaobh a' chàinain. Bidh buidhnean poblach a' toirt àite dhan Ghàidhlig mar nach tug iad riamh, agus bidh cothrom aig luchd-labhairt na Gàidhlig seirbheisean a ghabhail tron Ghàidhlig ma thogras iad.

Tha an Achd a' toirt cumhachdan reachdail do Bhòrd na Gàidhlig agus bidh am Bòrd ag obair gu dlùth còmhla ri buidhnean poblach air feadh Alba gus planaichean Gàidhlig a chruthachadh a bheir barrachd cothrom do dhaoine Gàidhlig a

chleachdadh agus a bheir spionnadh gus iomhaigh a' chàinain agus a' chultar a thogail gu nàiseanta.

Bidh e cuideachd an urra ris a' Bhòrd Plana Nàiseanta airson na Gàidhlig a dhealbhadh agus a stiùireadh. Bidh a' choimhearsnachd Ghàidhlig aig cridhe seo agus an rùn làidir aig a' Bhòrd Gàidhlig a neartachadh mar chànan coimhearsnachd is teaghlach.

Bidh foghlam Gàidhlig cuideachd na phàirt cudthromach. B' ann dìreach o chionn ghoirid a thàinig figearan a-mach a' sealltainn gu bheil barrachd na dà mhìle sgoilear an Alba a' faighinn foghlam tro mheadhan na Gàidhlig sa bhunsgoil. Tha seo na fhìor adhbhar misneachd dhuinn uile agus 's ann orrasan a dh'fheumas sinn smaoineachadh air an t-slighe romhainn.

Thòisich an deasbad le Ministear an Fhoghlaim is Òigridh, Peadar Peacock, is e ag ràdh: "Gaelic is a precious asset for all of Scotland and it is our responsibility to find the means by which the Gaelic language will not only survive but thrive into the future."

Tha Achd na Gàidhlig na ceum fìor chudthromach a dh'ionnsaigh cànan is cultar na Gàidhlig a dhion airson a' ghinealach againn agus ginealach ar cuid chloinne. Cha robh am cho-fàbharach, no cothrom cho cudthromach, obrachadh còmhla gus sealltainn dhan t-saoghal a-muigh an àite luachmhor is priseil a th' aig a' Ghàidhlig ann am beatha na h-Alba agus gu sònraichte ann am beatha nan Gàidheal. 'S ann an achlais a chèile a ni sinn an gnothach.

Donnchadh Fearghasdan
Cathraiche Bòrd na Gàidhlig



Ministear na Gàidhlig, Peadar Peacock, agus e a' bruidhinn sa phàrlamaid

Buill-pàrlamaid a' cur seasamh na càinain air stèidh oifigeil mu dheireadh thall

Fhuair Gàidhlig inbhe ùr mar chànan ann an Alba airson a' chiad uair an-diugh, nuair a dh'aontaich Pàrlamaid na h-Alba ri Bile na Gàidhlig.

Tha an reachdas air a dhealbhadh gus cleachdadh na Gàidhlig a thoirt an-àird, inbhe a' chàinain a dhèanamh tèarainte agus àm ri teachd don chànan a dhearbhadh san fhada-ùine.

Thuirt Ministear an Fhoghlaim, Peadar Peacock, aig a bheil uallach ministreal airson na Gàidhlig: " 'S e là cudthromach a th' ann an seo don Ghàidhlig 's tha sinn a' fosgladh caibideil ùr ann an eachdraidh a' chàinain. Tha sinn air a' thigheinn air slighe fhada bho na droch làithean ann an 1616 nuair a riaghladh Achd na Pàrlamaid gum bu chòir 'cuidhteas is fuadachadh' fhaighinn air a' Ghàidhlig.

"Tha Gàidhlig na pàirt luachmhor is priseil de ar n-eachdraidh is ar cultar agus cuidichidh Achd na Gàidhlig le a bhith a' dearbhadh i mar phàirt bheartach de dh'àm ri teachd ar

dùthcha cuideachd.

"Cruthaidh an Achd seo an co-theacs agus a' mhisneachd airson Gàidhlig a bhith ga toirt seachad bho phàrant gu pàiste, ga brosnachadh ann an sgoiltean is ga cleachdadh fad is farsaing ann an coimhearsnachdan is àiteachan-obrach.

"Tha na h-àireamhan de dhaoine òga aig a bheil Gàidhlig a' sìor-fhàs mu thràth — airson a' mhòr chuid, air sgàth 's soirbheachadh is mòr-còrdte Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig.

"'S e an dùbhlann a tha romhainn a-nis an òigridh seo agus ginealachan ùra a bhrosnachadh, 's a dhèanamh cinnteach gu bheil cothroman leantainneach aca airson an sgilean càinain a leasachadh, ach nas cudthromaiche, a chleachdadh. 'S e seo an rud a ni Achd na Gàidhlig."

Tha Achd na Gàidhlig ag aithneachadh Gàidhlig mar chànan oifigeil na h-Alba, aig a bheil seasamh cho-ionnan ris a' Bheurla.

Tha an Achd a' stèidheachadh Bòrd na Gàidhlig mar phàirt de bhun-structair riaghaltais na h-Alba agus a' dèanamh riatanas airson plana nàiseanta do Gàidhlig gus stiùireadh ro-innleachdail a thabhann airson leasachadh na Gàidhlig.

Tha i a' toirt àite chudthromach do Bhòrd na Gàidhlig airson Gàidhlig a thoirt an-àird ann an Alba, a' comhairleachadh Ministearan na h-Alba mu chùisean Gàidhlig, ag iomain air adhart dealbhadh Gàidhlig agus ag ullachadh stiùireadh air foghlam Gàidhlig. Tha an Achd cuideachd a' tabhann bun-structair airson planaichean càinain Gàidhlig a chruthachadh le ùghdarrasan poblach an Alba.

WWW.SMO.UHI.AC.UK

Oifigeir Leasachaidh nan Cùrsaichean Goirid

Thathar a' lorg cuideigin ìasgaidh airson ar program Cùrsaichean Goirid a stiùireadh is a leasachadh.

Bu chòir eòlas a bhith agaibh air rianachd is margaideachd agus bu chòir dhuibh a bhith comasach air conalaidh gu siùbhlach ann am bruidhinn agus sgrìobhadh Gàidhlig gus am bi sibh comasach air comhairle a thoirt dha luchd-ionnsachadh mu dè an ìre cùrsa bhiodh freagarrach dhaibh.

Còrdaidh e ribh a bhith ag obair mar phàirt de sgioba agus bidh sibh deònach pàirt a ghabhail ann an dealbhadh agus leasachadh nan Cùrsaichean Goirid. Bu chòir dhuibh a bhith eòlach air daoine agus buidseatan a stiùireadh agus a bhith sgileil le coimpiutair.

Tuarastal eadar £17,280 - £21,841. Tha sgeama peinnsein na Colaiste fosgailte dhan neach a gheibh an dreuchd ma thogras e/i.

Fònaibh 01471 888 430 no cuiribh post-d gu sm00ii@groupwise.uhi.ac.uk airson foirm-iarrtais agus dealbh nas fharsainge den obair. Feumaidh iarrtasan a bhith a-staigh ro 27 An Cèitean 2005.

The Co-ionannachd Chothroman aig cridhe Sabhal Mòr Ostaig agus cuirear faillte air iarrtasan bho gach roinn den choimhearsnachd.

Sabhal Mòr Ostaig
Colaiste Ghàidhlig na h-Alba
Slèite | An t-Eilean Sgitheanach | IV44 8RQ
Fòn: 01471 888 000 Fax: 01471 888 001 Post-d: oifis@smo.uhi.ac.uk

The Skylark le Pilgrim Harps

Airson a' chluiche as fheàrr agaibh


An obair-chiùird as fheàrr againne

Tha barrachd spòrs is buannachd ann a bhith ag ionnsachadh air ionnsramaid le deagh ghleus.

Chruthaich sinn brìgh clàrsaich phroifeasanta is chum sinn a' chosgais cho ìosal 's a ghabhas gun sreangan naidhleìn, stuthan suarach no liomh shaor!
'S e fìor dheagh obair-chiùird a th' anns an **Skylark** le làn ghleus shòghail is làimhseachadh furasta. Bha dòigh-obrachadh simplidh na dhùbhlann taitneach: is an stèidh againn a' dearbhadh nach deigheadh **am fuaim, an liomh is an earbsachd** is gu h-àraidh **brìgh a' ghleusa a mhilleadh**

**An clàrsach saor
Leis an fhuaim dhaor!**

Pilgrim Harps, South Godstone, Surrey RH9 8NA,
Tel: (01342) 893242 email: info@pilgrimharps.co.uk



Cathraiche Bòrd na Gàidhlig, Donnchadh Fearghasdan, agus dithis de na buill: Art Carmichael agus an t-Ollamh Coinneach MacFhionghuin.

A' fosgladh stòras prìseil nan sgeulachdan cogaidh

STRÌ GU SITH - TRÌ FICHEAD BLIADHNA

"Bha sinn shuas air an t-sliabh ag obair air an eòrna. Chunnac mi caraid dhomh fhìn às an Àird a' tighinn. Thuir e "Feumaidh sinn falbh. Tha 'n cogadh air teannadh".

Ragnall MacEacharna, Beinn na Faoghla.

"Bha 'n uair sin beagan is dà fhichead teaghlach anns a' bhaile againn agus fhuair dà dhuin' air fhichead againn na pàipearan air an aon latha."

Coinneach Caimbeul, Bràgair, Eilean Leòdhais...cuimhneachain dithis eileanach air mar a thàinig

naidheachd an Dàrna Cogaidh thuca an toiseach.

Agus tron t-samhradh seo, bidh na ceudan de ghuthan eile rin cluinntinn cuideachd ag innse sgeulachd a' chogaidh bho thoiseach gu deireadh.

Tha BBC Radio nan Gaidheal a' comharrachadh an trì fichead bliadhna a th'air a dhol seachad bho dheireadh a' chogaidh le sgeulachdan làidir bho na ceudan de Ghaidheil a bha an sàs anns a' bhàr.

'S e stòras phrìseil dha-rìribh a th'ann an seo de chòmhradh agus a chaidh a chlàradh thairis air na trì fichead bliadhna mu dheireadh agus a tha toirt dhuinn dealbh cumhachdach, pearsanta air

na thachair aig muir, anns na speuran, air tìr agus aig an taigh. Ged nach eil lorg air mòran de sheòid a' chogaidh an-diugh, tha am briathran fhathast beò.

Cluinnear maraiche à Bar-raigh ag innse mar a stiùir e fhèin is feadhainn eile an "San Demetrio" air ais dhachaigh, an dèidh dhi bhith air a sgiùrsadh le bomaichean na nàmhaid. Rinn iad a' chùis air a stiùireadh air èiginn tarsainn fad a' Chuain Shìair. Chaidh fiolm a dhèanamh mun seo an dèidh làimh air sgàth cho fìor mhìorbhaileach agus annasach 's a bha na thachair. Tha mòran sgeòil eile ri chluinntinn cuideachd bho mharaichean ainmeil nan eilean.

Air tìr, tha na deugachan de stòiridhean air an cruinneachadh bhon fheadhainn a bha sabaid anns an Roinn Eòrp' agus a bha glaiste nam prìosanaich fad bliadhnaichean mòra ann an campaichean.

'S iomadh fear cuideachd a dh'èirich do na speuran ann an itealain loma-làn bhomaichean, nam measg, Dòmhnall Alasdair Dòmhnallach à Garrabost ann an Leòdhas. Dh'fhàg Dòmhnall Alasdair dealbh cumhachdach air na tursan sin an dà chuid air teip agus anns a' bhàrdachd a bha e ri sgrìobhadh.

Anns a' chiad dà bhliadhna dhen chogadh, bhàsaich barrachd dhaoine aig an taigh na bhàsaich

air raointean a' bhàr. Bha Cairstiona Horley à Siadair ann an Eilean Leòdhais an teis meadhan a' "Bhlitz" ann an Lunnainn agus cluinnear a cunntas fhèin air an sin.

Cha b' e fireannaich a-mhàin a bha an sàs anns an t-stri. Tha deagh sgeulachdan anns an t-sreath cuideachd bho fheadhainn a bha nam banaltraman, a' dràibheadh charbadan-eiridinn agus anns na "Wrens".

Anns gach prògram, bidh guthan nan Gaidheal air am fighe ri ceòl, òrain, criomagan naidheachd bhon àm agus bàrdachd.

"Nach lionnhor laoch ar stòiridh? Nach prìseil sinn ga h-inns'?"

Ach rìgh nan laoch an-còmhnaidh Am fear ni còrdadh 's sith."

A' Cuimhneachadh 1945 le Dòmhnall Alasdair Dòmhnallach à Garrabost, Eilean Leòdhais

Tha "Strì gu Sith — Trì Fichead Bliadhna" a' tòiseachadh Dimàirt 10mh latha dhen Chèitean aig 1125 air BBC Radio nan Gaidheal (ath-chraoladh aig 1730). Bidh prògram air a chraoladh gach seachdain gu ruige deireadh an t-Sultain.

Duais do phreasantair òg "Rapail"

Cò e?

Niall Iain, Mhàrtainn, Nèill, Iain a' Mhaighstir, à Inbhir Nis, Obar Dheathain, às An Eilean Sgitheanach, Uibhist no Bar-raigh, tha ceanglaichean dlùth aige ri gach àite agus chluinnear e air Radio nan Gaidheal air a' phrògram ciùil Rapal Diluain gu Diardaoin bho 9.00f gu 10.30f.

An fhìach èisteachd ris?

Tha cuid den bheachd gun fhìach. Tha e a' faighinn puist-dealain 's teachdaireachdan teacsa bho fada is farsaing; Astràilia, Ameireaga, Sasainn, Gèirinis, chan eil àite ann nach eil luchd-leantainn aig Niall Iain. Chan eil sinn cinnteach ge-tà an ann a' gearain mun taghadh ciùil aige a tha iad!

Teisteanas proifeasanta?

Na fhaclan fhèin thòisich e air dà chùrsa oilthigh 's cha do chrìochnaich e aon seach aon dhiubh. Oilthigh ann no às tha e nis air aithneachadh mar aon de phrìomh chraoladairean, chan ann a-mhàin ann an Alba, ach às na dùthchannan Ceilteach gu lèir as dèidh dha duais "Radio Personality of the Year" a chosnadh aig an Fhèis Fhìolm agus Thelebhisean Cheilteach ann an Cardiff.

Dè a tha ga fhàgail cho math matha?

"Beul gun phutan" chanadh an riochdaire aige. "Comasach air na putain ceart a bhrùthadh" chanadh cuid eile — rud gu math cudthromach ann an rèidio. Tha e èibhinn cuideachd agus chan eil duine sam bith sàbhailte, fiù na daoine urramach a tha air a dhol roimhe ann an saoghal rèidio, samhail Cathy Bhàin, Mòrag Dhòmhnallaich, Choinnich MhicÌomhair agus Dhòmhnallach eile — Màrtainn.

Ciamar a thòisich e ann an rèidio?

Bidh duilgheadasan uaireanan aig a' BhBC, mar gach buid-

heann eile, an duine ceart fhaighinn airson na h-obrach. Chuir iad manaidsear no dhà a-mach a dhèanamh rannsachadh anns na taighean-òsta ann an Inbhir Nis agus cò lorg iad ach Niall Iain. Deagh phreasantair airson prògram chloinne smaoinich iad — gu h-àraidh le Richard Bacon air an roinn sin fhàgail. Mar sin chaidh Niall Iain a leigeil mu sgaol air an èadhar leis a' phrògram Aileag agus thòisich earrann ùr ann an craoladh Gàidhlig.

A bheil laigse sam bith san duine?

Tha e caran ceangailte ri leabaidh agus tha e fhathast a' cur luach air ceòl Oasis. Tha sin ga chur ann an clas dha fhèin, no 's dòcha leis fhèin, co-dhiù. Tha e cuideachd a' fàileageadh air boireannach a lorg a thig faisg air Kate Winslet.

A bheil amasan air fhàgail aige?

Tha e fhathast leamh nach eil Iain Mac Ille Mhicheil air cuireadh a thoirt dha mar chèiliche air a' phrògram aige.

An t-slighe air adhart?

Coimhead a-mach air a shon air Tìr is Teanga .. a' tighinn gu telebhisean faisg oirbh as t-Fhoghar... "The Hills are Alive".

An sgioba a' cur fàilte air Niall Iain agus e air tuilleadh dhachaigh le duais na chois agus (gu h-ìosal) na shuidhe aig obair





Comhairle nan Eilean Siar

Co-labhairt nan comann eachdraidh

Aig deireadh na mìos a chaidh seachad, chumadh co-labhairt sònraichte a bha a' coimhead ris an t-slighe air adhart airson seirbheis Museum nan Eilean.

Bha a' cho-labhairt a' tarraing ri chèile nan snàithlean a chaidh a shònrachadh an lùib pròiseact LINKS. B' e amas a' phròiseict leudachadh air an àireamh de dhaoine a tha an sàs ann, agus a' gabhail ùidh ann, an obair co-cheangailte ri museum, agus cuideachd leudachadh gu mòr air a' chothrom a th' aig daoine pàirt a ghabhail anns an t-seòrsa obrach seo.

Tharraing a' cho-labhairt ri chèile suas ri ceithir fichead neach bho air feadh nan Eilean an Iar a bha an sàs anns an

obair, feadhainn tro bhith an sàs ann an obair nan Comann Eachdraidh agus feadhainn eile a tha an sàs anns an t-seirbheis ann an dòigh phroifeasanta.

Air a' chiad oidhche, fhuair eadhon òraid bhon Oll. Dòmhnall Uilleam Stiùbhart, a' mineachadh an dòigh anns a bheil eachdraidh, beul-aithris agus sgeulachdan ionadail air am fireanachadh tro obair airceòlais. Thug e iomradh gu sònraichte air mar a tha sgeulachdan co-cheangailte ri teampaill agus naoimh air an dearbhadh tro obair le proifeasantaich ann an eachdraidh. Air an dara latha chuala na bha làthair an tuilleadh fiosrachaidh mu

rannsachaidhean a chaidh a ghabhail os làimh, air obair agus cruinneachaidhean eachdraidheil anns na h-Eileanan an Iar, agus bhathas a' beachdachadh air dòighean anns am faodadh fiosrachadh agus taisbeanaidhean a bhith a' fighe a-steach do bhun-bheachd na b' fharsainghe agus far am faigheadh a' mhòr-chuid cothrom air fhaicinn. Bhiodh seo a' ciallachadh dòighean agus gnèithean ùra a chleachdadh - leithid an eadar-lìon, teicneòlas bhideo agus webcam.

Air an latha mu dheireadh fhuair eadhon beachdan air an t-slighe air adhart agus chaidh misneachd a thoirt do bhuidhnean fa leth a bhith a' cnusachadh air cho feumail



Comann Eachdraidh Nis

is a bhiodh e dhaibh nan deigheadh dreuchd shònraichte a chruthachadh air am biodh uallach airson taic a thoirt anns a' chiad àite do na Comann Eachdraidh a tha an-dràsta aig ìre far nach eil mòran adhartas ga dhèanamh air sgàth is gu bheil an earrann as

truime den obair a' tuiteam air luchd saor-thoileach.

Dh'aontaich na bha an làthair aig a' Cho-labhairt gu robh cruaidh fheum aig na Comann Eachdraidh air a leithid de sheirbheis agus ged a bha teagamhan a' nochdadh mu dè an t-adhartas a thèid a dhèanamh, chaidh aontachadh iarraidh air oifigearan

na Comhairle aithisg ullachadh a thèid fa chomhair Bhall a' sireadh taic gu seirbheis den t-seòrsa seo a stèidheachadh.

Chaidh aontachadh gun deigheadh co-labhairt eile a chumail mun aon àm an ath-bhliadhna gus measadh dè an t-adhartas a rinneadh agus gu breithneachadh air an ath cheum airson na seirbheis.

Comhairle nan Eilean Siar



INNEALAN EADAR-THEANGACHAIDH AIRSON BHUR COINNEAMHAN?

Tha Comann na Gàidhlig air innealan eadar-theangachaidh fhaighinn, le maoinachadh bho Bhòrd na Gàidhlig, a dh'fhaodas buidhnean Gàidhlig fhaighinn air iasad airson coinneamhan, co-labhairtean is eile.

Aig an ìre seo tha iad rim faighinn bho Oifisean ChnaG ann an:

Inbhir Nis - Fòn: 01463 234138
 Steòrnabhagh - Fòn: 01851 701802
 Glaschu - Fòn: 0141 339 2022
 Port Rìgh - Fòn: 01478 611900

Cuiribh fòn chun an oifis is fhaig oirbh airson tuilleadh fiosrachaidh.

Fhuair am pròiseact seo taic bho Bhòrd na Gàidhlig



COLAISTE GAIDHLIG NA H-ALBA

**URRAS TRÈINIDH
TELEBHISEAN
GÀIDHLIG**

Seòl Mòr Ostaig

Colaiste Ghàidhlig na h-Alba

Ùine pàrtaidh
 ann an Ìomhairean Ghàidhlig

Tha an t-Urras Trèinidh le còmhachadh bho Bòrd na Gàidhlig a' toirt taic airson a' chòmhachadh seo. Tha e' chomhachadh gu cur beachd aig Seòl Mòr Ostaig le ìre chothrom air obair phròifeasantaich telebhisean le ìre rannachan. An dèidh sin thatar a' cur beachd ùine còmhachadh ri buidhnean chomhachadh - leithid a' Bhòrd na TV no coimhearsnachd neo-stèidheach far a bheir a' fàgail eile air a' ghàidhlichean.

Thèid fònaidhean agus ìre-fàgail a thoirt aig Seòl Mòr Ostaig agus fònaidhean aig ìre rannachan airson na gairm-ghàidhlichean.

WWW.SMO.UHI.AC.UK

Àirson an t-ùine pàrtaidh fhaighinn agus ùine fàgail a' fàgail na h-àite aig Urras Trèinidh Telebhisean Ghàidhlig Seòl Mòr Ostaig, 10/11, An t-Òstail, Spèis-à-àr, 7-10/11, 11/11, 12/11, 13/11, 14/11, 15/11, 16/11, 17/11, 18/11, 19/11, 20/11, 21/11, 22/11, 23/11, 24/11, 25/11, 26/11, 27/11, 28/11, 29/11, 30/11, 31/11.

**Fòn: 01478 611900
 Fàcs: 01478 611900
 Post-eil: smo@smo.uhi.ac.uk**

**Institiùd
GSE nam
mìle bliadhna**

AN t-ÒSTAIL

SEIRBHEIS NA MÀIRIACHANAN GAIDHLIG
 1000 - 1000 - 1000



SEIRBHEIS NAM MEADHANAN GÀIDHLIG,

Stèidhichte ann a Steòrnabhagh, tha Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig a' pàigheadh airson 65% de na prògraman ùra Gàidhlig a tha air an craoladh air telebhisean an Alba. Tha iad air còrr is da mhìle uair a thìde de phrògraman a mhaoineachadh gu ruige seo air na sianalan analog. Ach is e am prìomh cheann-uidhe a-nise sianal digiteach a chruthachadh a shàsaicheas feum is miann coimhearsnachd na Gàidhlig agus an luchd-amhairc san fharsaingeachd.

CRAOLADH IS CONALTRADH - COTHROM NA CÒRACH

SEIRBHEIS NAM MEADHANAN GÀIDHLIG

Taigh Shìphoirt Rathad Shìphoirt

Steòrnabhagh Eilean Leòdhais HS1 2SD

Fòn: 01851 705550 Facs: 01851 706432

Posta-dealain: fios@gms.org.uk Làrach-Lìn: www.gms.org.uk